Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Taigh-òsta an Eilein Dhuirche
Beinn na Faoghla

Dihaoine 25 Sultain 2015 @ 2.00f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail ann an Taigh-òsta an Eilein Dhuirche, Beinn na Faoghla, Dihaoine 25 Sultain 2015 bho 2f

Clàr Chùisean

3.2015.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	

3.2015.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Blas 2015	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Tachartasan Samhraidh	Aithris airson Fiosrachaidh
(d)	Fuaran: Pròiseact Òrain	Taisbeanadh airson Fiosrachaidh
(e)	Tasgadh: Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	Airson Fiosrachaidh

3.2015.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2015-16	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Ràitheil gu 30 Ògmhios 2015	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d)	Tabhartasan nam Fèisean 2015-16	Airson Fiosrachaidh
(e)	Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2015	Airson Aontachaidh
(f)	Ath-stèidheachadh Mann Judd Gordon mar luchd-sgrùdaidh	Aithis airson Aontachaidh
(g)	Cùmhnantan Maoineachaidh	Airson Fiosrachaidh
(h)	Conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail	Aithris airson Fiosrachaidh

3.2015.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a)	Manaidsear Fèisgoil	Aithris airson Fiosrachaidh

3.2015.05 CÙISEAN GNÌOMHACH

(a)	Geàrr-aithisgean Luchd-obrach	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Pròram na Coinneamh Bhliadhnail & Co-labhairt 2015	Airson Fiosrachaidh
(c)	Aithisg Bhliadhnail 2015	Airson Aontachaidh

3.2015.06 EILE

(a)	Ceann-latha na h-ath choinneimh	Airson Aontachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail aig 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis air Dihaoine 22 Cèitean 2015 bho 1f

2.2015.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Donnchadh MacGuaire (Cathraiche), Kirsteen Ghreumach, Ealasaid NicIlleBhàin, Deirdre Beck, Raibeart MacFhionghain, Peigi NicIllInnein (air a' fòn – airson pàirt den choinneimh), Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Aonghas MacLeòid (an làthair – ag eadar-theangachadh)

(b) Leisgeulan

Seumas Caimbeul, Elaine Spence, Ùisdean Robasdan, Brian Ó hEadhra (Alba Chruthachail) agus Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd)

Ghabh an Cathraiche an cothrom meal-a-naidheachd a chur air Art MacCarmaig airson an OBE aige. Cuideachd, chuir e meal-a-naidheachd air Kirsteen Ghreumach agus Jessie Newton a chleachd a bhith air a' Bhòrd airson a bhith air an taghadh mar bhuill de Thalla nan Seòid airson Ceòl Traidiseanta na h-Alba, agus chuir e meal-a-naidheachd air Anne Willoughby agus ogha ùr aice.

Chaidh aontachadh gun cuireadh Art MacCarmaig fios gu teaghlach Fhlòraidh NicNèill nach maireann às leth Fèisean nan Gàidheal ag innse gun robh sinn a' smaoineachadh orra aig an àm dhuilich seo.

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 27 Gearran 2015 a sgaoileadh. Mhol Raibeart MacFhionghain gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Ealasaid NicIlleBhàin a' cur a taic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Cha robh gin a chùisean a thog ceann nach robh air a' chlàr-ghnothaich mu thràth.

2.2015.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh bhith cur an gnìomh Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas airson 2014-15 a thaobh bhith cur an gnìomh Pròram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Bha an aithisg a' dèanamh aithris air an ùine bho 1 Giblean 2014 – 31 Màrt 2015.

Chaidh còmhradh farsaing a chumail air diofar thaobhan den phròram agus an diofar seòrsa obrach a chaidh a dhèanamh thar na bliadhna. Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' coileanadh nan toraidhean a tha am prìomh luchd-maoineachaidh air an stèidheachadh.

(b) Blas 2015

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird air a' phròram airson Fèis Bhlas 2015. Tha a' Bhuidheann-gnìomh airson Blas air coinneachadh grunn thursan gus obair air a' Phròram agus bha iad toilichte leis an adhartas a rinneadh thuige seo.

Às dèidh do dh'obair rianachd Fèis Bhlas a bhith air a chur a-mach gu tairgse, bha Firefly Productions ro thoilichte gun deach an cùmhnant a bhuileachadh orra agus bha iad a' coimhead air adhart ri bhith cumail orra ag obair còmhla ri Fèisean nan Gàidheal.

Thèid Blas 2015 a chur air bhog gu h-oifigeil ann an Eden Court, Inbhir Nis air Diardaoin 11 Ògmhios agus bidh an làrach-lìn beò an uair sin agus faodar tiogaidean a cheannach. Gheibh Buill a' Bhùird cuiridhean chun an tachartais sin. Chaidh a chur an cuimhne Buill a' Bhùird gum faodadh iad £50 fhaighinn airson tiogaidean a cheannach airson Blas.

Choinnich Fèis Bhlas Earranta air 4 Màrt ann an Inbhir Nis. Ghabh Mòrag Anna NicLeòid bho Chomhairle na Gàidhealtachd geàrr-chunntas den choinneimh, ach cha robh e ri fhaotainn fhathast. Dheigheadh an geàrr-chunntas a sgaoileadh am measg nam Ball nuair a bha e deiseil.

Thug am Bòrd fa-near don adhartas le pròg ram Bhlas san robh taghadh fìor fharsaing de thachartasan a bha gu bhith tachairt ann an tòrr mòr àiteachan.

(c) 5 Latha 2015

Chaidh aithisg le Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a sgaoileadh le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird air 5 Latha 2015 a chaidh a chumail eadar 7 is 12 Giblean ann an Taighean-tughaidh nan Gearrannan ann an Leòdhas.

San aithisg bha geàrr-iomradh mionaideach air gach tachartas a chaidh a chumail feadh na seachdaine. Ghabh 19 duine pàirt ann agus fhuaras moladh is beachdan matha air ais bhuapa air an t-seachdain.

Thug Calum Ailig taing shònraichte don luchd-obrach sna Gearrannan a chuir fàilte mhòr air a h-uile duine agus a bha air leth cuideachail, agus don luchd-teagaisg agus na daoine a chuidich leis na diofar thachartasan is cur-seachadan. Bha iad mu thràth a' coimhead air adhart ris an ath-bhliadhna.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg agus bha iad toilichte gun deach cùisean cho math.

(d) Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig

Thug Calum Ailig Mac a' Mhaoilein cunntas labhairteach air na planaichean airson Sgoil Shamhraidh 2015 a bha gu bhith air a chumail ann am Port Rìgh eadar 6 is 17 Iuchar.

Bha naodhnar air clàradh airson pàirt a ghabhail thuige seo agus bhathar an dùil barrachd sanasachd a dhèanamh air an tachartas ann an àrd-sgoiltean gus barrachd dhaoine a thàladh.

Bha Dàibhidh Walker gu bhith na Stiùiriche airson na Sgoile agus tha e ag obair an-dràsta air sgriobtaichean airson na Sgoil Shamhraidh.

(e) Fèisgoil

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird mu mar a bhathar a' dèanamh margaidheachd air seirbheisean Fèisgoil.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don obair a bhathar ris gus margaidheachd a dhèanamh air Fèisgoil gus cùmhnantan ùra a tharraing.

(f) Tasgadh: Tabhartasan Beaga do na h-Ealain Thraidiseanta

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird air an Sgeama Thabhartasan, Tasgadh, a tha Fèisean nan Gàidheal a' ruith às leth Alba Chruthachail.

Tha £31,500 ann airson a thoirt seachad ann an tabhartasan beaga mar thaic do luchd-ealain thraidiseanta agus buidhnean gus an urrainn dhaibh obair a chruthachadh, a chluich, a thaisbeanadh no airson a dhol air chuairt leis an obair. Chaidh stiùireadh agus foirm-iarrtais a dhealbh agus chaidh a' mhaoin a chur air bhog air 11 Cèitean agus tha trì cinn-latha airson iarrtasan (Iuchar, Dàmhair agus Gearran).

Thèid Pannal le daoine bhon taobh a-muigh a stèidheachadh gus coimhead air na h-iarrtasan

agus gus tabhartasan aontachadh. Cha bhi buntainneas aig a' Phannal ri Fèisean nan Gàidheal agus mar sin bidh cead aig Fèisean cur a-steach airson thabhartasan.

Thug Buill a' Bhùird fa-near do mar a chaidh Tasgadh a chur air bhog.

(g) Iarrtasan airson Ballrachd

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le iarrtas airson ballrachd bho Chomataidh Fèis an Iar-Dheas ann an Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh.

Dh'aontaich am Bòrd ris an iarrtas.

2.2015.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is Cosgaisean 2015-16

Chaidh aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a sgaoileadh a' sealltainn teachd-a-steach is cosgaisean leis na thachair gu 30 Giblean 2015.

Seach gun robh an aithisg a' dèiligeadh ris a' chiad mhìos den bhliadhna ionmhais cha robh mòran chosgaisean air a bhith ann fhathast, thug Buil a' Bhùird fa-near don aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £7,946.99
- Cunntas Àrd-rèidh - £307,368.65
- Cunntas Bhlas - £2,620.45

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Màrt 2015

Chaidh lethbhreac de na Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Màrt 2015, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

Bhiodh Anndra Cuimeineach bho Mann Judd Gordon a' tighinn chun na h-oifis ann am Port Rìgh san Ògmhios gus an Sgrùdadh a dhèanamh.

(d) Tabhartasan do dh'Fhèisean airson 2015-16

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2015-16 a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu ruige seo, agus thugadh fa-near dhi.

Seach gur e toiseach bliadhna ionmhais ùr a bh' ann, cha robh mòran de na tabhartasan air am pàigheadh a-mach fhathast.

(e) Iarrtas bho Fhèis Spè airson tabhartas bhon Mhaoin Leasachaidh

Chaidh aithisg le Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a sgaoileadh ag iarraidh air Buill a' Bhùird beachdachadh air iarrtas bho Fhèis Spè airson tabhartas bhon Mhaoin Leasachaidh mu choinneamh chosgaisean airson tuarastal Oifigear Leasachaidh làn-thìde. Chaidh lethbhreac den Phlana Leasachaidh ùr aca airson 2015-18 a chur gu Buill a' Bhùird.

Tha Fèis Spè air maoineachadh fhaighinn roimhe bho LEADER a' Mhonaidh Ruaidh, agus tha iad air taic-airgid fhaighinn bho Urras MhicDhonnchaidh, ach tha an taic sin air stad a-nis.

Gu ruige seo am-bliadhna tha sinn air £3,700 a thoirt dhaibh a-cheana airson na dreuchd seo agus chaidh a mholadh gun toirear suas gu £20,364 do dh'Fhèis Spè airson 2015-16 agus £29,333 a bharrachd ann an 2016-17 agus 2017-18.

Co-dhùnaidhean a' Bhùird:

a) Thug Buill fa-near don iarrtas airson tabhartas bhon Mhaoin Leasachaidh agus don Phlana Leasachaidh ùr aig Fèis Spè;
b) Dh'aontaich iad ris an taic-airgid a bhathar a' moladh airson 2015-16;
c) Dh'aontaich iad ann am prionnsapal ris an taic-airgid a bhathar a' moladh airson 2016-17

is 2017-18 agus thug iad ùghdarras do na h-oifigearan na suimeannan sin a phàigheadh ma bha an t-airgead ann agus ma tha na suimeannan sin a dhìth.

(f) A' Cothromachadh Ionmhas gu 31 Màrt 2015

Aig a' choinneimh mu dheireadh, thug am Bòrd cead don Stiùiriche maoineachadh a bharrachd aontachadh do dh'Fhèisean ro dheireadh na bliadhna ionmhais, ma bha sin a dhìth, gus feum a dhèanamh de dh'airgead nach deach a chosg ann an earrainnean eile den bhuidseat againn.

Chaidh liosta de na tabhartasan a bharrachd a chaidh a thoirt seachad a shealltainn don Bhòrd agus thug iad fa-near dhaibh.

(g) Riaghailtean Peinnsein Ùra airson an Àite-obrach

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird mu riaghailtean peinnsein ùra airson an àite-obrach.

An-dràsta tha Fèisean nan Gàidheal a' tabhann peinnsean chom-pàirtichean do luchd-obrach agus tha e an urra ris gach neach-obrach iad fhèin a bheil gus nach eil iad ag iarraidh pàirt a ghabhail san sgeama peinnsein againn.

Bho 1 Màrt 2016, bidh againn ri sgeama peinnsein a chur air dòigh a tha toirt ballrachd san sgeama don a h-uile neach-obrach gun cheist, tha sin a' ciallachadh gum feum a h-uile neach-obrach ballrachd a ghabhail san sgeama. Chaidh litir bho Riaghladair nam Peinnseanan mu dheidhinn nan atharraichean a sgaoileadh cuideachd. Seach gu bheil suimeannan luach 5% de thuarastalan luchd-obrach mu thràth air an comharrachadh sa bhuidseat againn airson peinnseanan, chan èirich cunnart ionmhasail do dh'Fhèisean nan Gàidheal.

Co-dhùnaidhean a' Bhùird:

a) Thug Buill a' Bhùird fa-near do na riaghailtean ùra agus na ceumannan a dh'fheumas sinn a ghabhail eadar an-dràsta agus 1 Màrt 2016 nuair a bhios na riaghailtean ùra a' tòiseachadh;
b) Dh'aontaich iad gun cumadh Fèisean nan Gàidheal orra a' pàigheadh airgead luach 5% de thuarastalan iomlan an luchd-obrach a-steach do na peinnseanan aca.

(h) Aontaidhean Maoineachaidh

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird le fiosrachadh air an t-suidheachadh a bh' ann a thaobh nam prìomh aontaidhean maoineachaidh aig a' bhuidhinn. Thar nam beagan mhìosan a dh'fhalbh, tha sinn air a bhith còmhradh ris na prìomh bhuidhnean a tha toirt maoineachadh dhuinn. Chaidh na cùmhnantan buntainneach a sgaoileadh am measg nam Ball agus chaidh an aontachadh mar a leanas:

- Dh'aontaich Alba Chruthachail cùmhnant leinn airson 2015-18 luach £1.4m
- Tha Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean air cùmhnant luach £420,000 a thoirt dhuinn airson 2015-18
- Chaidh cùmhnant luach £130,000 aontachadh airson obair ann an 2015-16 le Bòrd na Gàidhlig
- Ged nach d' fhuaras cùmhnant foirmeil bho Chomhairle na Gàidhealtachd, thathar a' tuigsinn nach bi lùghdachadh san taic-airgid a gheibhear agus bu chòir gum faigh sinn cùmhnant luach £37,693 airson thabhartasan is cosgaisean ruith agus gum faigh sinn £69,869 airson Blas
- Cha d' fhuaras cùmhnant fhathast bho Chomhairle nan Eilean Siar, ach thathar a' tuigsinn nach bi atharrachadh air a' chùmhnant agus gum faigh sinn £12,800 a-rithist am-bliadhna
- Tha sinn air coinneamh a chur air dòigh le Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid gus bruidhinn air aonta maoineachaidh ùr. Thathar an dòchas gum faigh sinn aonta ann an ùine nach bi fada. Thathar an dùil aig an ìre sa gun tèid cùmhnant aon-bhliadhna aontachadh.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don t-suidheachadh a thaobh nan aontaidhean maoineachaidh

agus thug iad taing do dh'Art airson an obair a rinn e ann a bhith rèiteachadh nan cùmhnantan.

(i) Conaltradh ri Ùghdarrasan Ionadail

Bha Art MacCarmaig air a bhith air a conaltradh ri Ùghdarrasan Ionadail mu dheidhinn grunn chùisean:

- Chaidh litir a chur gu Comhairle na Gàidhealtachd o chionn ghoirid mu mar a dh'fhaodas Fèisean sgoiltean a chleachdadh. Gu ruige seo tha e air a bhith an-asgaidh sin a dhèanamh, agus dhearbh Ùisdean Friseal an-uiridh gum biodh an t-aonta sin ann fhathast. Ge-tà, tha Comhairle na Gàidhealtachd a-nis air am poileasaidh aca airson sin atharrachadh gun rabhadh no còmhraidhean sam bith agus dh'innis iad dhuinn gum feumadh Fèisean pàigheadh airson sgoiltean a chleachdadh. Bhiodh sin a' ciallachadh gum biodh Comhairle na Gàidhealtachd a' faighinn a' mhòr-chuid de na tabhartasan a tha iad a' toirt dhuinn air ais tro na cìsean seo gus sgoiltean a chleachdadh. Tha Art a' feitheamh ri freagairt bhon Chomhairle.
- Chaidh aithisg air beulaibh Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd sa Ghearran le liosta de gach pròiseact leasachaidh Gàidhlig ris an robh gnothach aig Comhairle na Gàidhealtachd, ach cha robh iomradh air Fèisean nan Gàidheal. Feumar sin a chur ceart agus tha Art air sgrìobhadh gu Buill na Comataidh ag innse dhaibh dè an obair tha a' bhuidheann againn a' dèanamh.
- Tha sinn fhathast a' conaltradh ri Comhairle nan Eilean Siar mu chosgaisean airson a bhith cleachdadh sgoiltean. Tha aithisg gu bhith dol air beulaibh na Comhairle ag iarraidh orra màl nas ìsle a stèidheachadh airson tachartasan nam Fèisean. Tha coinneamh gu bhith aig Art le riochdairean bhon Chomhairle tràth san Ògmhios gus bruidhinn mun chùis a-rithist.
- Bidh Art a' coinneachadh ri riochdairean bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air 22 Ògmhios gus bruidhinn mun chùmhnant mhaoineachaidh a th' againn leotha.

2.2015.04 LUCHD-OBRACH

(a) Am Fiosrachadh as Ùire

Thuirt Deirdre Beck gun robh com-pàirt aice sa phuing seo agus dh'fhàg i a' choinneamh fhad 's a bhathar a' bruidhinn air.

Bha Dougie Beck air innse gun robh e a' dol a dh'fhàgail Fèisean nan Gàidheal gus trèanadh gu bhith na thidsear.

Ghabh Buill a' Bhùird an cothrom gach soirbheachadh a ghuidhe do Dougie agus taing a thoirt dha airson an obair ionmholta a bha e air a dhèanamh thar nan 12 bliadhna a bha e ag obair aig Fèisean nan Gàidheal.

Chaidh bruidhinn air na roghainnean a bh' ann gus cuideigin fhastadh a dheigheadh an àite Dougie agus bha am Bòrd den bheachd, às bith dè an roghainn a thèid a ghabhail, gun robh e cudromach gum cumadh Fèisean nan Gàidheal orra leis an deagh obair a tha air a bhith ann gus dràma Ghàidhlig ath-bheothachadh.

Chaidh aontachadh gun cuireadh an Stiùiriche tuairisgeul obrach ri chèile airson Manaidsear na Fèisgoil agus gun deigheadh sanasan a sgaoileadh airson na dreuchd.

(b) Oifis Inbhir Nis

Chaidh aontachadh nach robh Oifis Inbhir Nis freagarrach tuilleadh, seach nach robh goireasan ro mhath san togalach, cha robh parcadh ann agus bha e doirbh slighe fhaighinn thuice.

Bha oifigearan air a bhith coimhead air àitichean eile. Chaidh togalach eile a lorg san Longman a dh'fhaodadh a bhith freagarrach, ach bha na cosgaisean gu math nas àirde na tha sinn a' pàigheadh an-dràsta agus bhathar ag iarraidh comhairle bhon Bhòrd a thaobh dè bu chòir dhuinn a dhèanamh.

Às dèidh chòmhraidhean, chaidh aontachadh ris na leanas:

a) Leigeil fhaicinn do Ghraham is Sibbald gu bheil ùidh againn sna h-oifisean san Longman feuch am faigh sinn fios a bheil daoine eile air ùidh a nochdadh sna h-oifisean sin;
b) Cumaidh sinn oirnn a' feuchainn ri oifisean eile a lorg a bhiodh freagarrach;
c) Chaidh cead a thoirt don Stiùiriche oifisean freagarrach a ghleidheadh a chosgas suas gu £18,000 gach bliadhna aig a' char as àirde.

2.2015.05 CÙISEAN GNÌOMHACH

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh.

Chaidh meal-a-naidheachd a chur air an luchd-obrach airson na n-obrach a bha iad air a dhèanamh sna diofar raointean san robh iad an sàs.

- Chaidh Rowan NicPheadrais a tha air Greis-gnìomhachais airson Luchd-ceuma gu diofar thachartasan trèanaidh thar an dà mhìos a dh'fhalbh, agus bha i air a bhith gu math trang a' sgaoileadh fios mu Fhèisean nan Gàidheal sna Meadhanan Sòisealta.
- Thugadh fa-near dha mar a chaidh Fèis Dràma Earra-Ghàidheal a chumail na bu thràithe sa Chèitean. Bha sia Bun-sgoiltean an sàs ann agus chaidh ochd dealbhan-cluiche a shealltainn. Bha e air a bhith air leth soirbheachail.
- Chùm Fèis an Earraich Fèis Bheag airson a' chiad uair am-bliadhna agus fhuair iad àireamhan matha agus tha iad an dùil a chumail a-rithist agus a leudachadh.

(b) Coinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt Fèisean nan Gàidheal

Chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh gun deigheadh a' Choinneamh Bhliadhnail is a' Cho-labhairt a chumail air Dihaoine 25 is Disathairne 26 Sultain sna h-Eileanan Siar nam b' urrainn dhuinn àite freagarrach a lorg.

Bha Anne Willoughby air a bhith bruidhinn ri taighean-òsta sna h-eileanan agus 's e Taigh-òsta an Dark Island ann an Uibhist a thug dhuinn a' phrìs as fheàrr airson an tachartas a chumail agus tha àitichean-fuirich aca airson a h-uile duine.

Chaidh aontachadh gabhail ris an tairgse sin agus na planaichean againn a dhearbhadh le Taigh-òsta an Dark Island. Dhèanamaid rannsachadh air na roghainnean a bh' ann airson siubhal agus gheibheadh Buill a' Bhùird fios mu phlanaichean airson siubhal.

(c) Aithisg Bhliadhnail air Làimhseachadh Cunnairt

Chaidh aithisg le Anne Willoughby a sgaoileadh am measg nam Ball le fiosrachadh air mar a bhathar a' làimhseachadh cunnairt taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg agus dh'aontaich iad gun robh luchd-obrach a' cumail rian freagarrach air cunnartan às leth a' Bhùird.

2.2015.06 EILE

(a) Ceann-latha na h-ath choinneimh

Thugadh fa-near gun deigheadh an ath choinneamh a chumail air Dihaoine 25 Sultain 2015 ann an Uibhist ron Choinneamh Bhliadhnail/Co-labhairt.

(b) Chaidh foirm ùr airson cosgaisean a chur gu Buill a' Bhùird ann am post-d. Tha againn a-nis ri fios mu sgaoilidhean a chlàradh agus bidh aig Buill ris an fhoirm seo a lìonadh agus a chur a-steach gu h-eileagtronaigeach.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2015.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le prògram-obrach na buidhne anns a' chiad ràithe de 2014-15.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (InG), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Cuideachd, tha na dathan a leanas a' dèanamh ceangal eadar gach buil agus raointean leasachaidh bhon Phlana Prògraim aig Fèisean nan Gàidheal airson 2015-20:

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		Raon sa Phlana Prògraim	Adhartas	Ìre
Alba Chruthachail - Àrd-amasan				
A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail				
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean		Fhuair 7 Fèisean taic-airgid luach £37,858 bhon Mhaoin Leasachaidh airson pròiseactan sa bheil luach iomlan £117,000.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròram obrach fad na bliadhna a chur air chois		Chaidh £24,000 a thabhann do dh'Fhèis Spè am-bliadhna gus taic a chumail ri dreuchd Oifigear Leasachaidh a chuidicheas le bhith toirt pròram obrach aonaichte gu buil.	

AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig		Fhuair Fèis an Earraich tabhann air maoineachadh gus clàran 'demo' a chlàradh le seinneadairean Gàidhlig òga a tha ag obair le luchd-ciùil ionadail.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra		Tha Fèis Spè air a bhith ag obair le dithis luchd-ciùil à Èirinn, a ghabh pàirt sa Chèilidh air Chuairt aca, gus òran Gàidhlig/Gaeilge ùr a sgrìobhadh a thèid a sheinn aig Blas.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra		Cha bhi stuthan ùra air an sgrìobhadh mar phàirt den choimisean ùr aig Blas 2015, ach bidh obair ann a thaobh a bhith cur stuthan a th' ann mu thràth air ghleus.	
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh		Thèid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail ann am Port Rìgh eadar 6-17 luchar.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail				
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh		Chaidh £209,000 a thabhann do 43 Fèisean tron Sgeama Thabhartasan agus thèid an stiùireadh atharrachadh feuch am bi fios aig na Fèisean air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh agus feuch gun urrainn dhaibh gluasad thar ùine gu bhith pàigheadh thuarastalan aig na h-ìrean sin.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil		Tha iarrtas mòr ann fhathast air ionnstramaidean nuair a tha na Fèisean ann, agus tha sinn air sanasachd a dhèanamh feuch am bi barrachd dhaoine a' gabhail ionnstramaidean bhuainn air mhàl nuair nach eil na Fèisean ann.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon		Tha sinn a' cumail oirnn a' stiùireadh an sgeama seo bho ar prìomh oifisean agus tha sinn a' cumail oirnn a' dèanamh deuchainnean 'foillseachaidh' (*disclosure*) airson Fèisean.	
AC10	A' toirt taic ionmhasail seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan		Gheibhear maoineachadh a bharrachd airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha iad sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Thuige seo ann an 2015-16, cha d' fhuaras iarrtas airson taic bho na Fèisean.	
AC11	Bùithtean-obrach is prògraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig)		Ghabh 70 neach pàirt ann an Fèis Dràma Earra-Ghàidheal agus chaidh 15 bùithtean-obrach a chumail ro-làimh ann am bun-sgoiltean ann an Earra-Ghàidheal is Loch Abar. Chaidh mu 10 bùithtean-obrach dràma a chumail ann an dà àrd-sgoil ann an Roinn na Gàidhealtachd.	
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G		Bha an Sgioba-G ag obair aig Fèis Innis an Uillt, Fèis Mhoreibh and Fèis Lochabair.	
AC13	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean		Chaidh trì seiseanan a chumail sa Ghearasdan, san Apainn agus ann an Ceann Loch Gilb am-bliadhna, ach feumar barrachd obrach a dhèanamh mu choinneamh an amais seo.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail		Bidh co-dhiù aon chuirm phoblach aig gach Fèis - bidh a dhà aig a' mhòr-chuid - agus gheibh iad sin taic bhon Sgeama Thabhartasan.	

AC15	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta		Tha Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh na maoine, Tasgadh, le airgead a bharrachd luach £35,000 a fhuair sinn bho Alba Chruthachail, agus thèid £31,500 de sin a sgaoileadh mar thabhartasan. Tha a' chiad de na trì cinn-latha airson an sgeama ann an 2015-16 gu bhith ann air 3 luchar.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh				
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean		Chaidh £21,500 a thabhann do dh'Fhèisean gus luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh, sin mar 1.7 dreuchdan Ionann ri Làn-thìde (ILT).	
AC17	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh		Fhuair Fèis an Iar-Dheas ann an Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh ballrachd ann am Fèisean nan Gàidheal.	
AC18	A' dol an sàs mar bhuidheann chom-pàirteach ann an obair Chom-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd		Bidh ar Prìomh Oifigear Leasachaidh a' dol gu coinneamhan den Bhuidhinn-stiùiridh aig Com-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd agus bidh sinn ag obair còmhla riutha gus sanasachd a dhèanamh air cuirmean òigridh a bhios gan cumail aig na IronWorks ann an Inbhir Nis mar phàirt de Bhlas.	
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile		Chaidh am pròg ram airson Fèis Bhlas 2015 fhoillseachadh san Ògmhios agus thèid an fhèis a chumail eadar 4 is 12 Sultain. Chaidh cuirm-chiùil a bharantachadh airson na bliadhna far am bi diofar sheinneadairean Gàidhlig a' gabhail feadhainn de na h-òrain aig Runrig.	
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig		Chaidh 5 Latha a chumail sa Ghiblean 2015 agus thèid Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail san luchar, tha na dhà dhiubh nan tachartasan còmhnaidheach air an cumail sa Ghàidhlig.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile				
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean		Tha ceathrar Oifigearan Leasachaidh againn agus bidh gach neach a' toirt taic do ghrunn Fhèisean. Ge-tà, tha an sgioba seo sùbailte nan obair agus bheir iad taic do chàch a chèile nuair a tha aon oifigear gu h-àraidh trang. Tha iad an sàs ann an tòrr dhiofar leasachaidhean airson nam Fèisean.	
AC22	A' cruthachadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail		Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cruthachadh, ag ath-dheasachadh agus a' lìbhrigeadh caochladh phoileasaidhean, agus faodaidh Fèisean fa leth a' mhòr-chuid dhiubh a ghabhail òs làimh iad fhèin. Bidh sinn a' tòiseachadh air Plana Co-ionannachd a dh'aithghearr.	
AC23	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain		Bidh gach Fèis a' faighinn àrachas mar phàirt den bhallrachd aca.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta		Gheibh luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh nuair a tha sin a dhìth. Uaireannan bidh buidhnean eile ga chur air dòigh. Aig amannan eile, 's e trèanadh a dh'aona-ghnothach a bhios ann a chuireas Fèisean nan Gàidheal air dòigh.	

AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin		Chaidh 18 seiseanan trèanaidh a chumail gu ruige seo ann an 2015-16 airson luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal.	
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh		Chaidh trèanadh a chumail gus an urrainn do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal stiùireadh a thoirt do dhaoine òga fhad 's a tha iad ag obair gus Duaisean Ealain a chosnadh. Thathar an dòchas gun dèan muinntir nan Cèilidhean air Chuairt obair am-bliadhna feuch am bi iad airidh air duaisean a bhios rim faotainn ann an Alba ann an 2016.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal				
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh		Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus gus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth, agus bidh an Sgioba-G a' cur tachartasan Gàidhlig air dòigh.	
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh		Bidh 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2015-16 a gheibh taic-airgid bho Fhèisean nan Gàidheal, a' gabhail a-steach tè ùr sna h-Eileanan Siar. Bidh Fèis Rois cuideachd a' cumail 3 Cèilidhean eile air Chuairt, a gheibh maoineachadh bho bhuidhnean eile.	
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile		Thèid Blas a chumail eadar 4 is 12 Sultain 2015, agus bidh tachartasan ann an Cinn Tìre airson a' chiad uair riamh. Faicibh AC19 gu h-àrd.	
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte		Bidh muinntir nan Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt ann an grunn thachartasan co-cheangailte ri Bliadhna a' Bhìdh is na Dibhe, agus bidh feadhainn de na tachartasan aig Blas a' cur ri amasan na bliadhna.	
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh		Ghabh oidean bho Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus clann bho bhun-sgoiltean pàirt ann an tachartas gus latha nàiseanta - Latha Ciùil a' BhBC - a chomharrachadh san Ògmhios. Thathar an dùil gum bi cothroman eile ann nas fhaide air a' bhliadhna.	
AC32	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan		Tha barrachd is barrachd der n-obair ga taisbeanadh sna meadhanan sòisealta agus tha grunn thachartasan rim faicinn a-nis air ar sianal YouTube, agus tha barrachd bhidiothan gan cur ris. Tha sinn an dòchas feadhainn de na cuirmean bho Bhlas a shealltainn beò air an eadar-lìon am-bliadhna.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**				
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean		Tha bùth-obrach trèanaidh gu bhith ann san Lùnastal airson oidean aig Iomairt Chiùil na h-Òigridh. Thathar a' dèanamh sgrùdadh air trèanadh do dh'oidean an-dràsta agus bidh, mar as àbhaist, bùithtean-obrach eile ann nas fhaide air a' bhliadhna ionmhais seo. Tha sinn air a bhith brosnachadh oidean gu bhith	

			gabhail pàirt ann am Pròg ram Trèanaidh Fèis Rois.	
AC34	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gun tèid am Poileasaidh Gàidhlig a chur an sàs		Thèid sreath de sheiseanan trèanaidh Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean a chur air dòigh san dàrna leth den bhliadhna ionmhais.	
AC35	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos		Tha sinn an dòchas crìoch a chur air a' phròiseact Fuaran, a fhuair taic bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta, ro dheireadh na Sultain, agus bidh na daoine òga an sàs sa phròiseact sin air na sgilean sin ionnsachadh.	
AC36	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga		Bidh muinntir nan Cèilidhean air Chuairt a' dèanamh seachdain trèanaidh aig Fèis Alba san Iuchar, agus bidh iad a' dol gu tachartasan trèanaidh ionadail aig an deireadh-sheachdain ron sin.	
AC37	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil		Bidh pàirt den trèanadh sin mar phàirt de dh'Fhèis Alba san Iuchar, agus cuiridh sinn tuilleadh trèanaidh air dòigh ma tha sin a dhìth.	
AC38	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain		Nuair a thèid Manaidsear airson Fèisgoil fhastadh ann an R2 de 2015-16, bu chòir gun tèid an t-seirbheis Fèisgoil a leudachadh gu mòr.	
AC39	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus pròg raman eile		Thathar an dùil gun lean na clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta anns gach sgoil ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an grunn sgoiltean ann an Siorrachd Rinn Friù sa bhliadhna sgoile 2015-16.	
AC40	Pròg raman de chlasaichean Gàidhlig ann an sgoiltean coltach ri GLPS		Cha robh gin a chothroman ann airson seo gu ruige seo ann an 2015-16, ged a tha sinn air a bhith sanasachd na seirbheis am measg nan oifigearan iomchaidh le dleastanasan airson 1+2 chànan aig ùghdarrasan ionadail.	
AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan		Chaidh 5 Latha a chumail sa Ghiblean 2015 agus ghabh 19 oileanaich le Gàidhlig pàirt ann an grunn chur-seachadan ann an Gàidhlig. Bidh cothrom ann do thuilleadh dhaoine air tachartas còmhnaidheach Gàidhlig le Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig san Iuchar.	
AC42	CPD ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean		Cha robh gin a chothroman ann gu ruige seo am-bliadhna.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin				
AC43	Tòisichidh sinn a' dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd ann an 2015		Tha againn ris an obair seo a dhèanamh fhathast, agus e san amharc dhuinn Plana Co-ionannachd is Iomadachd a chur air dòigh ron Mhàrt 2016.	
AC44	Plana Co-ionannachd is Iomadachd a dhealbh airson toiseach Bliadhna 2 den Mhaoineachadh Chunbhalach		An aon rud ri AC43.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.				

AC45	A’ clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)		Thòisich luchd-obrach is Buill a’ Bhùird a’ clàradh sgaoilidhean carbon bho 1 Giblean.
AC46	A’ dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a’ tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math		Bidh sinn a’ cur tòrr thachartasan air dòigh ann an sgìrean ionadail, agus sin a’ ciallachadh nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gu bailtean nas motha airson tachartasan ealain.
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a’ toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a’ chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba			
AC47	A’ sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach		’S ann tro mheadhanan didseatach as motha a bhios sinn a’ conaltradh a-nis. Tha sinn air aon chuairt-litir a dhèanamh ann an 2015-16 thuige seo, agus chaidh sin a sgaoileadh gu h-eileagtronaigeach, agus bidh sinn a’ cleachdadh ar làrach-lìn, meadhanan sòisealta agus Mailchimp gus sanasachd a dhèanamh air tachartasan is iomairtean eile.
AC48	A’ dèanamh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra		Cha do thòisich obair air seo fhathast.
AC49	A’ cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine		Cha do thòisich obair air seo fhathast.
AC50	A’ cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach		Tha am pròiseact Fuaran a’ leantainn agus thèid crìoch a chur air san t-Sultain 2015, nuair a bhios na h-òrain a chaidh a chlàradh rim faotainn.
AC51	A’ dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan		An aon rud ri AC32.

Fiosrachadh Àireamheil							
Obraichean air an cruthachadh/gleidheadh) ILT	18.2	Airgead air a tharraing a-steach	£497,528	Meudachadh san toradh ionmhasail	£35,000	Luchd Saor-thoileach	57
Tabhartasan do dh’Fèisean	£51,173	Tabhartasan Eile	£0	Compàitichean/luchd-ionnsachaidh aig Tachartasan nam Fèisean	1,251	Seirbheisean a chaidh an leasachadh	0
Seirbheisean Ùra ann an Sgìrean Dùbhlanach	1	Luchd-trèanaidh	18	Luchd-èisteachd aig consairtean/tachartasan nam Fèisean	1,095	Luchd-èisteachd Bhlas	0
Luchd-èisteachd nan Cèilidhean air Chuairt	0	Fèisean ùra air an stèidheachadh	2	Barrachd chomasan aig buidhnean coimhearsnachd	2	Tachartasan Cultarach	180
Tachartasan Bhlas	0	Tachartasan nan Cèilidhean air Chuairt	0	Cothroman cluich/cleasachd eadar-nàiseanta do dh’òigridh	0	Iomlaidean eadar-nàiseanta	1
Cothroman Coimeirsealta	0	Obair co-cheangailte ri rian a chumail air atharraichean sa bhuidhinn	1	Obair thionnsgalach	0	Daoine òga a fhuair taic gus pàirt a ghabhail ann am pròg raman trèanaidh	1

Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean				
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil				
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain		Faicibh AC38 gu h-àrd.	
InG2	A' leudachadh phròg raman de sheirbheisean Gàidhlig ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach tachartasan ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean agus ann an coimhearsnachdan		Chaidh tachartasan ealain Ghàidhlig airson nan tràth-bhliadhnaichean - Hùb Hàb - a chur air dòigh tràth sa bhliadhna ionmhais seo agus thèid togail air an obair sin ann an R3 de 2015-16.	
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG4	Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean		Faicibh AC42 gu h-àrd.	
InG5	Eadar-theangachaidhean Gàidhlig		Bithear a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean àbhaisteach gu Gàidhlig gu cunbhalach gus cuideachadh le bhith coileanadh ar Poileasaidh Gàidhlig.	
InG6	Teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean nuair bhios cothroman gan cur a-mach gu tairgse		Faicibh AC40 gu h-àrd.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean				
InG7	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh		Chaidh Fèisean ùra a stèidheachadh am-bliadhna san Apainn, Pàislig agus Dùn Phris. Tha obair a' leantainn gus taic a chumail ris an Fèisean ùra sin leis an sgioba againn de dh'Oifigearan Leasachaidh.	
InG8	A' cur airgead an seilbh Maoin Leasachaidh nam Fèisean gus leasachaidhean cruthachail ùra a mhaoineachadh ann an coimhearsnachdan agus tha an t-airgead sin a' toirt cothrom don luchd-iarrtais tuilleadh maoineachaidh a tharraing a-steach		Faicibh AC1 gu h-àrd.	
InG9	Taic ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho-lìonra taice nam Fèisean		Tha gach Oifigear Leasachaidh an urra ri mu 11 Fhèis dom bi iad a' toirt taic gu cunbhalach aig ìre phragtaigeach agus ro-innleachdail.	
InG10	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus pròg raman coimhearsnachd a chumail suas		Às dèidh do mar a ghlèidh Fèis Rois maoineachadh cunbhalach bho Alba Chruthachail, tha Fèisean nan Gàidheal a-nis air a chur romhpa taic ro-innleachdail a thoirt do dh'Fhèis Spè feuch an tèid aca air na planaichean aca airson leudachadh a thoirt gu buil.	
InG11	Pròg raman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean		Thèid an leithid a thrèanadh a thabhann nuair a bhios iarrtas ann air a shon, agus cuid dheth air a lìbhrigeadh le ar n-Oifigearan Leasachaidh, agus cuid air a lìbhrigeadh le daoine eile a tha stèidhichte sna sgìrean.	

A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh				
InG12	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga		Faicibh AC36 gu h-àrd.	
InG13	A' tabhann cùrsaichean trèanaidh ùghdarraichte do dhaoine òga		Fhuair luchd-obrach trèanadh gus an urrainn dhaibh stiùireadh a thoirt do dhaoine òga fhad 's a tha iad ag obair gus Duaisean Ealain a chosnadh, agus tha sinn a' dol a choimhead air Duaisean Comann Crann na h-Alba, Duaisean DoE agus an Teisteanas airson a bhith Deiseil airson Obair a thèid a thoirt seachad le Leasachadh Sgilean na h-Alba.	
InG14	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil		Faicibh AC37 gu h-àrd.	
InG15	A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean		Tha luchd-obrach air trèanadh a dhèanamh ann a bhith clàradh sgaoilidhean carbon agus ann a bhith stiùireadh mar a thèid Duaisean Ealain a thoirt seachad. Thèid tuilleadh trèanaidh a chur air dòigh bho R3 air adhart.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach				
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt		Faicibh AC28 gu h-àrd.	
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas		Faicibh AC19 is AC29 gu h-àrd.	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG20	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte		Faicibh AC30 gu h-àrd.	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh		Faicibh AC31 gu h-àrd.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1	Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.16		Tha an obair seo a' leantainn far a bheil co-obrachadh cunbhalach a' dol eadar oifigearan nan iomairtean agus Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean. Bidh luchd-obrach a' clàradh na h-ùine a bhios iad a' cur seachad ag obair leis na h-Iomairtean.	
BnG2	Cothrom air 'Cofaidh is Còmhradh' gach seachdain ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh		Chan eil seo a' tachairt an-dràsta seach nach eil mòran air a bhith dol ann agus ri linn gainnead luchd-obrach, ach thèid a shanasachd a-rithist agus tòisichidh e a-rithist san Dàmhair.	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.16		Thathar an dùil gun tèid seisean trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach a chur air dòigh airson 24 Sultain agus thèid fear eile a chumail ro dheireadh na Dùbhlachd.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro		Gu ruige seo, chaidh 18 seiseanan trèanaidh a chumail ann an 2015-16. Faicibh	

	31.03.16		AC25 gu h-àrd.	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.16		Chaidh iomadh seòrsa taice a thoirt do 46 Fèisean ann an 2015-16.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin	
	Chuir mi air dòigh na measaidhean leis an sgioba leasachaidh na bu thràithe air a' bhliadhna agus bhon a sin tha sinn air togail air trèanadh a bhiodh iomchaidh dhaibh 's bidh mi 'g obair leis a' mhanaidsear gnìomha gus cothroman trènaidh a chuir air dòìgh dhaibh ro dheireadh na bliadhna. Tha mi air iarraidh oirre cuideachd a bhith cumail sùil air cothroman sam bith a dh' fhaodadh èirigh 's a tha iad fhèin a faireachdainn a bhiodh feumail dhaibh nan obair.	
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh	
	Tha e follaiseach gu robh buaidh mhòr aig Ceòl nam Fèis an uiridh agus na cothroman a fhuair na Cèilidhean air Chuairt aig Na Geammanan Co-fhlaitheis 's bidh sinn a' dèanamh oidhirp coimhead ri tuilleadh cothroman dhaibh aig Fèisean Ciùil is tachartasan sònraichte agus tro iomlaidean re 2015 agus 2016.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh	
	Tha mi toirt taic le eadar-theangachaidhean aig diofar amannan agus a' toirt stiùir do dh' oifigearan ma tha ceistean sam bith ag eirigh	
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh	
	Thug Nicola Simpson 's mi fhìn taic do Shona le bhith cur air dòigh Cèilidh air Chuairt na h-Eileanan Siar am bliadhna. Bha seo a' gabhail a-steach togail airgid, a' cur an turas air dòigh le cothroman sònraichte aig Fèis Cheilteach Innse Gall mar phàirt den turas.	
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile	
	Faic AC19	
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	Bha Cèilidh air Chuairt na h-Eileanan Siar a' cluiche aig tachartasan biadh is deoch am bliadhna mar phàirt den clàr Samhraidh aca.	
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Fhuair sinn cothrom luchd-ciùil a chuir air dòigh aig co-làbhair airson gnìomhachasan sòisealta ann an Inbhir Nis san t-Òg mhìos agus bha e fìor mhath buidhnean eile a choinneachadh an seo le dòchas co-obrachadh a steidheachadh le cuid dhiubh. Bha sinn cuideachd an sàs le bhith a' cur luchd-ciùil air dòigh airson Fèille Bhradain a bha gabhail àite ann an Inbhir Nis air 4/5 Sultain. Bidh sinn fheuchainn ri tuilleadh cothroman a leudachadh san àm ri teachd 's tha mi 'n dùil coinneachadh ri Iain Hamilton bho Iomairt na Gàidhealtachd airson bruidhinn mu cothroman airson Fèisean nan Gàidheal agus com-pàirtichean na Fèisean.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC34	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gun tèid am Poileasaidh Gàidhlig a chur an sàs	
	Bidh mi ag obair dlùth le na h-oifigearan leasachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil am pàirt seo den phoileasaidh dhan cur an gnìomh le na Fèisean.	
AC38	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh	

	cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain	
	Bha mi an làthair aig latha Gàidhlig a bha air an ruith le Foghlam Alba 's fhuair mi cothrom bruidhinn ri dithis a tha deiligeadh ri cànanan 1 + 2 taobh a-staigh comhairle na Gàidhealtachd. Tha barrachd obair a dhith an seo 's bidh seo gu math nas fhasa dhan bhuidheann nuair a thoisicheas Eilidh NicCoinnich na dreuchd.	
AC40	Pròg raman de chlasaichean Gàidhlig ann an sgoiltean coltach ri GLPS	
	Chaidh cùmhnant goiridh a lìbhrigeadh ann an tri sgoiltean ann an Siorrachd Pheairt na bu thràithe air a bhliadhna 's ged nach eil càil san amharc an-dràsta bhithinn an dòchas gun tèid againn tuilleadh chùmhnantan a ghlèidheil sam àm ri teachd.	
AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC20	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Tha mi dèanamh seo gach mios le na cosgaisean a tha mi a' clàradh	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	
	Tha mi dèanamh seo airson na pròiseactan anns a bheil mi fhìn an sàs 's tha mi a toirt taic agus stiùr dha Rowan Paterson gu làitheil anns an dreuchd aice mar oifigear margaideachd	
AC50	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach	
	Tha Rachel air a bhith air leth trang ag obair air Fuaran 's tha mi air a bhith 'g obair còmhla rithe air an seo le taic agus beagan stiùir air cuid dha na tha an sàs. 'S e pròiseact air leth luachmhor a th' air a bhith ann agus bu chaomh leam coimhead ris an ath-phròiseacht dhualchais aàs dèidh dhan fhear seo tighinn gu crich air deireadh an t-Sultain.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain	
	Faic AC38	
InG2	A' leudachadh phròg raman de sheirbheisean Gàidhlig ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach tachartasan ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean agus ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC11,12,13 agus 20	
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC20	
InG6	Teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean nuair bhios cothroman gan cur a-mach gu tairgse	
	Faic AC40	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG8	A' cur airgead an seilbh Maoin Leasachaidh nam Fèisean gus leasachaidhean cruthachail ùra a mhaoineachadh ann an coimhearsnachdan agus tha an t-airgead sin a' toirt cothrom don luchd-iarrtais tuilleadh maoineachaidh a tharraing a-steach	
	Faic AC1	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Faic AC28	
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas	
	Faic AC19	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna	
	Faic AC20	

InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig	
	Faic AC20	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faic AC26	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.16	
	Thèid an ath seisean trèanaidh Gàidhlig a chumail air Diardaoin 24 Sultain	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.16	
	Faic AC25	
BnG6	Bidh 6 Fèisean air clasaichean 'Fèis Bheag' no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean a ruith ro 31.03.16	
	Tha 8 Fèisean air clasaichean Fèis Bheag a dhèanamh mar tha am bliadhna.	
BnG7	Thèid panto Gàidhlig air chuairt a' tadhal air co-dhiù sia sgìrean ro 31.03.16	
	Bidh mi ag obair le Aonghas air seo sna seachdainean ri teachd gus na gnìomhan obrach a tha an sàs ann a bhith a' cur cuairt mar seo air dòigh aontachadh 's gun dean sinn cinnteach gu bheil sinn cho èifeachdach sa ghabhas, le feum air gnothaichean mar seo a leasachadh.	
BnG12	Cuairt le dràma Ghàidhlig a mhaireas 6 seachdainean timcheall sgoiltean Gàidhlig ro 31.03.16	
	Faic AC11	
BnG14	40 consairt Bhlas aig Blas 2015, agus pròg ram sgoiltean is coimhearsnachd mar phàirt den fhèis, air an lìbhrigeadh ann an com-pàirt ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na prìomh chànan air an àrd-ùrlar.	
	Faic AC19	
BnG15	Consairtean air an lìbhrigeadh gu dà-chànanach le cuideigin a tha fileanta sa Ghàidhlig. Luchd-ciùil/luchd-ealain air am brosnachadh gu bhith cleachdadh an cuid Gàidhlig aig an fhèis.	
	Chaidh seo a dhèanamh	
BnG16	Coimisean ùr mar phàirt de Bhlas 2015, a thèid a thaisbeanadh co-dhiù 4 tursan aig an fhèis	
	Faic AC5	
BnG17	Bidh am fiosrachadh is stuthan sanasachd uile san dà chànan mar phàirt chudromach den fhèis, a' gabhail a-steach Fear no Bean an Taighe le Gàidhlig aig gach tachartas.	
	Chaidh seo a dhèanamh	
BnG19	Na amas gun gabh 16 sgoilear àrd-sgoile pàirt ann an tachartas còmhnaidheach aig Taighean-tughaidh nan Gearrannan ann an Leòdhas aig àm na Càisge 2016.	
	Thèid an ath 5 Latha a chumail eadar 4-9 Giblean 2016.	
BnG21	Aithisg ràitheil air mar a chaidh airgead Bhòrd na Gàidhlig a chosg	
	Chaidh aithisg air ahdart thuca sa Lùnastal	
BnG22	Aithisg ràitheil air an t-suidheachadh ionmhasail aig Fèisean nan Gàidheal aig an àm	
	Chaidh an aithisg agus cunntas ràitheil air adhart don Bhòrd sa Lùnastal	
BnG23	Clàr chunnartan ri thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus bheirear lethbhreac de phàipearan do Bhòrd na Gàidhlig le fiosrachadh ùr, iomchaidh a bhuineas ris a' chlàr chunnartan a bhios air a thoirt seachad aig coinneamhan a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal.	
	Chuir mi seo air adhart don Bhòrd sa Lùnastal	
BnG25	Brathan-naidheachd le ceangal ri Bòrd na Gàidhlig air an sealltainn don Bhòrd mus tèid an sgaoileadh, mar as iomchaidh, le cothrom aig a' Bhòrd fiosrachadh/briathran a chur riutha.	
	Thathas a dèanamh seo.	
BnG26	Gheibh Bòrd na Gàidhlig sanas tarsainn làn-dhuilleig san leabhran air-loidhne aig Blas mar phàirt den aonta seo.	
	Cha deach leabhran air loidhne a dhealbhadh am bliadhna seo, leis gu robh fianais againn nach robh gu leòr a' coimhead ris. Chaidh suaicheantas Bòrd na Gàidhlig a shealltain air brataichean aig gach tachartas agus chaidh am buidheann ainmenachadh a-measg na prìomh luchd-maoineachadh den fhèis	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		

CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	

AINM	**ANNA WILLOUGHBY**			
DREUCHD	**MANAIDSEAR GNÌOMHA**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròghraim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Tha £33,000 anns a'Mhaoin Leasachadh nam Fèisean airson pròiseactan airson bliadhna 2015/16. Fhuair Fèis Spè £24,064 airson tuarastal oifigear leasachaidh làn-thìde. Fhuair Fèis Inbhir Narainn £528 airson còmhlan ciùil òigridh agus Fèis an Earraich £1,200 airson pròiseact clàraidh agus Fèis Inbhir Narainn £965 airson bùth-obrach piobaireachd deireadh sheachdain. Bha trì Fèisean a comharrachadh ceann bliadhna, 25 bliadhna agus fhuair Fèis Spè £1,000, Fèis nan Garbh Chriochan £1,200 agus Fèis Thiriodh £800 airson sin.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Chaidh £24,064 a thabhann do dh'Fhèis Spè am-bliadhna gus taic a chumail ri dreuchd Oifigear Leasachaidh a chuidicheas le bhith toirt pròram obrach aonaichte gu buil. Tha sin a toirt taic do Fèis a'Bhaile agus Fèis Bharraigh le tuarastail an luchd-obrach a chuir air dòigh.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	Chaidh £237,057.00 a thabhann do 41 Fèisean tron Sgeama Thabhartasan agus tha fiosrachadh aig na Fèisean air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh agus feuch gun urrainn dhaibh gluasad thar ùine gu bhith pàigheadh thuarastalan aig na h-ìrean sin. Tha £95,770 air a dol a-mach gu Fèisean aig an dràsta.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas. Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin cumail sùil air cosgaisean bho àm gu àm.	
AC10	A' toirt taic ionmhasail seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan	
	Gheibh Fèisean maoineachadh a bharrachd airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha iad sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Fhuaras iarrtas airson taic bho na Fèis nan Garbh Chriochan airson £350 airson luchd-teagasg a bharrachd.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail	
	Bidh co-dhiù aon chuirm phoblach aig gach Fèis - bidh a dhà aig a' mhòr-chuid agus gheibh iad sin taic bhon Sgeama Thabhartasan. Bha barrachd tachartasan ann am bliadhna lathas gu robh 4 Fèisean a comharrachadh cean bliadhna.	

AC15	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta	
	Tha Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh na maoine, Tasgadh, le airgead a bharrachd luach £35,000 a fhuair sinn bho Alba Chruthachail, agus thèid £31,500 de sin a sgaoileadh mar thabhartasan. Bha a' chiad de na trì cinn-latha airson an sgeama ann an 2015-16 ann air 3 Iuchar agus chaidh £14,726 a-mach gu 21 tagraichean. Tha ceann latha eile tighinn suas air 02 Dàmhair agus am fear eile air 19 Gearran 2016.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean	
	Chaidh £21,547.50 a thabhann do dh'Fhèisean gus luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh, sin mar 1.7 dreuchdan Ionann ri Làn-thìde (ILT), mar pairt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC22	A' cruthachadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail	
	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cruthachadh, ag ath-dheasachadh agus a' lìbhrigeadh caochladh phoileasaidhean, agus faodaidh Fèisean fa leth a' mhòrchuid dhiubh a ghabhail òs làimh iad fhèin.	
AC23	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain	
	Bidh gach Fèis a' faighinn àrachas mar phàirt den bhallrachd aca agus tha seo air sgrùdadh agus ùrachadh anns An Gearran a h-uile bliadhna.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta	
	Gheibh luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh nuair a tha sin a dhìth. Uaireannan bidh buidhnean eile ga chur air dòigh agus fhuair Fèis an Iar Dheas treànadh Gàidhlig ;Cùrsa Adhartais aig SMO, Fèis Spè agus Fèis Phàislig trèanadh Ciad-cobhar. Aig amannan eile, 's e trèanadh a dh'aona-ghnothach a bhios ann a chuireas Fèisean nan Gàidheal air dòigh agus tha mi toirt seachad trèanadh do Fèis Lochabair agus Fèis Tìr a'Mhurain air gnothaichean ionmhasail anns An Dàmhair 2015.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin	
	Chaidh 18 seiseanan trèanaidh a chumail gu ruige seo ann an 2015-16 airson luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal. Tha Luchd-obrach air trèanadh a'dhèanamh ann an Ciad-cobhar, Measadh Cunnartasan, Dràibheadh Busaichean, Photoshop, Sgaoileadh Gualan, Duaisean Ealan, Margaideachd agus tha trèanadh Gàidhlig, Video agus cleachdadh camara air a'chuir air dòigh.	
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh	
	Rinn sin trèanadh gus an urrainn do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal stiùireadh a thoirt do dhaoine òga fhad 's a tha iad ag obair gus Duaisean Ealain a chosnadh. Thathar an dòchas gun dèan muinntir nan Cèilidhean air Chuairt obair am-bliadhna feuch am bi iad airidh air duaisean a bhios rim faotainn ann an Alba ann an 2016. Bha aon dhen luchd-taic aig Sgoil Shàmhraidh ag obair air Duaisean Ealain cuideachd.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh	
	Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus gus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth, agus bidh an Sgioba-G a' cur tachartasan Gàidhlig air dòigh dhaibh.	
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh	
	Bidh 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2015-16 a faighinn £52,000 taic-airgid bho Fhèisean nan Gàidheal, a' gabhail a-steach tè ùr sna h-Eileanan Siar. Tha £35,000 air a dol a-mach thuca.	

AC29	A’ cur air dòigh agus a’ leasachadh Fèis Bhlas, a’ gabhail a-steach coimisean ùr agus a’ leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile	
	Chaidh Blas a chumail eadar 4 is 12 Sultain 2015, agus bha mi mach aig ceithir tachartasan mar riochdaire agus aig an tachartas mo dheireadh cuideachd. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.Tha sin air a mhòr-chuid de fàirdealan a’ pàigheadh a-mach airson Blas 2015 aig an ìre seo.	
AC31	A’ gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Fhuair Cèilidhean air Chuairt cothrom a bhi aig Blas am bliadhna comhla ri comhlain chiùil bho thall thairis.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh’oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean	
	Bha bùth-obrach trèanaidh anns san Lùnastal airson oidean aig Iomairt Chiùil na h-Òigridh. Thèid trèanadh air adhart anns An Gearran airson Ìre 1,2,3.	
AC35	A’ toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a’ cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos	
	Tha sinn an dòchas crìoch a chur air a’ phròiseact Fuaran, a fhuair taic bho Mhaoin Dualchais a’ Chrannchuir Nàiseanta, ro dheireadh na Sultain, agus bidh na daoine òga an sàs sa phròiseact sin air na sgilean sin ionnsachadh.	
AC39	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus pròg raman eile	
	Tha na clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta anns gach sgoil ann an Roinn na Gàidhealtachd a leanntain agus fhuair sin £219,511 bho Comhairle na Gàidhealtachd. Tha clasaichean a leanntain ann an Siorrachd Rinn Friù.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin		
AC43	Tòisichidh sinn a’ dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd ann an 2015	
	Tha sinn a’dèiligeadh ri cùisean ceangailte ri co-ionannachd agus tha mi air an leabhar-làimhe ùrachadh a toirt a-staigh atharraichean bliadhnail bho Equalities Act 2010.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th’ againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach ’s a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a’ dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A’ clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Thòisich luchd-obrach is Buill a’ Bhùird a’ clàradh sgaoilidhean carbon bho 1 Giblean. Chaidh mi fhèin agus Arthur gu bùth-obrach a bha Creative Carbon a ruith do Alba Cruthachail.	
AC46	A’ dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a’ tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math	
	Bidh sinn a’ cur tòrr thachartasan air dòigh aig Fèis Blas ann an sgìrean ionadail, agus sin a’ciallachadh nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gu bailtean nas motha airson tachartasan ealain. Tha sin a moladh daoine a bhi roinnte charbaid.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a’ toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a’ chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC50	A’ cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach	

	Tha am pròiseact Fuaran a' leantainn agus thèid crìoch a chur air san t-Sultain 2015, nuair a bhios na h-òrain a chaidh a chlàradh rim faotainn. Tha taisbeanadh gu bhi aig an co-labhairt.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG7	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh	
	Chaidh Fèisean ùra a stèidheachadh am-bliadhna san Apainn, Pàislig agus Dùn Phris agus gheibh iad taic bhon sgeama tabhartasan againn.	
InG11	Prògraman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean	
	Faicibh AC24 gu h-àrd	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG15	A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean	
	Faicibh AC25 gu h-àrd	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Faicibh AC28 gu h-àrd.	
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas	
	Faicibh AC29 gu h-àrd	
InG20	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	Fhuair Cèilidhean air Chuairt a bhith aig tachartasan Fèis Blas.	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faicibh AC31 gu h-àrd.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG1	Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.16	
	Tha an obair seo a' leantainn far a bheil co-obrachadh cunbhalach a' dol eadar oifigearan nan iomairtean agus Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean. Bidh luchd-obrach a' clàradh na h-ùine a bhios iad a' cur seachad ag obair leis na h-Iomairtean agus cosg sin 1521 uairean suas gu 31 Màirt 2015.	
BnG2	Cothrom air 'Cofaidh is Còmhradh' gach seachdain ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh	
	Chan eil seo aach sàmhach an-dràsta ach thèid a shanasachd a-rithist agus tòisichidh e arithist san Dàmhair.	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.16	
	Thèid seisean trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach a chur air dòigh airson 24 Sultain le Mairi Sine Chaimbeul agus thèid fear eile a chumail ro dheireadh na Dùbhlachd.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.16	
	Faicibh AC25 gu h-àrd	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.16	
	Thathar a cumail taice a thoirt do 43 Fèisean ann an 2015-16 le tabhartasan, àrachas, ionnsramaidean ciùl agus sgilean Gàidhlig.	
BnG20	A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.	
	Bidh Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh obair aig ìre luchd-obrach agus a' Bhùird sa Ghàidhlig agus thèid conaltradh a dhèanamh le Fèisean ionadail tron Ghàidhlig. Nì sinn cinnteach gum bi Fèisean a' cumail ris na pàirtean den Phoileasaidh Ghàidhlig a bhuineas riutha agus tha Plana Gàidhlig aca uile tha iad a leanntain.	
BnG22	Aithisg ràitheil air an t-suidheachadh ionmhasail aig Fèisean nan Gàidheal aig an àm	
	Tha Cunntasan Riaghlaidh air an dearbhadh le luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh mar phàirt den aithisg seo agus tha mi dèanamh cinnteach gu bheil seo a tachairt ann an deagh àm.	

BnG23	Clàr chunnartan ri thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus bheirear lethbhreac de phàipearan do Bhòrd na Gàidhlig le fiosrachadh ùr, iomchaidh a bhuineas ris a' chlàr chunnartan a bhios air a thoirt seachad aig coinneamhan a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal.	
	Fhuair Bòrd na Gàidhlig a h-uile pàipear bho choinneamhan a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal agus tha an clàr chunnartasan air ùrachadh a h-uile bliadhna anns An Gearran airson coinneamh a'Bhùird. Chaidh an Clàr Chunnartan airson 2015-16 a chur gu Bòrd na Gàidhlig.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
	Thèid taic a chumail ri 21 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2015-16. Tha Fèisean nan Gàidheal air £112,020.50 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2015-16, a' gabhail a-steach an £22,100 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd. Thathar a' cosg an còrr der tabhartas, £12,593, air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1		
	Chaidh maoineachadh luach £41,073 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh an £9,900 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh tha sin sùileachadh. Thèid an £2,900 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1		
	Chaidh maoineachadh luach £35,176.50 a thabhann do dh'Fhèisean Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-staigh an £9,500 bhon Chomhairle, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh. Thèid an £10,500 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid. Tha £12,000 air a thabhann airson Blas bho Earra-Ghàidheal is Bhòid airson tachartasan anns an sgìre.	

AINM	**MOREEN PRINGLE**			
DREUCHD	**OIFIGEAR GHNOTHAICHEAN**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròg raim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail**		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	Ag obair air Sgeama Tabhartasan nam Fèisean tha mi a cuir thabhartasan a-mach gu Fèisean airson na Priomh Fèisean, Clasaichean agus Uairean-Rianachd aca. Anns an raìthe seo, chur mi thabhartasan a-mach gu 23 Fèisean.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil	
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnsramaidean diofaraichte airson clasaichean ùra a tha iad a' tòiseachadh. Tha tòrr duine ag iarraidh bogsa-ciùil agus clarsaich airson clasaichean aig an àm seo.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	

	Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.	
AC15	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta	
	S e stòras a th' ann an Tasgadh maoinichte le Alba Chruthachail, air a riaghladh le Fèisean nan Gàidheal agus fosgailte do bhuidhnean agus daoine fa leth. Fhuair sinn 49 iarrtas airson a' chiad chuairt de thabhartasan. Chaidh taic aontachadh do 21 tagraiche. Tha dà cheann-latha fhathast romhainn ann an 2015-16 (2 Dàmhair 2015 & 19 Gearran 2016)	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Tha mi a' clàradh sgaoilidhean carbon bhon Giblean	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	
	Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach. Chaidh Faileas air an Làrach-Lìn deireadh an t-Og Mhios agus tha sin a deisealachadh fear eile airson An t-Sultain. Tha Faileas a dol a-mach go a h-uile duine air an stòr-data cuideachd.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG2	Cothrom air 'Cofaidh is Còmhradh' gach seachdain ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh	
	Chaneil sin air an-dràsta, ach bidh sin a tòiseachadh a-rithist	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.16	
	Bidh mi aig seisean trèanaidh Gàidhlig air 24 Sultain	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.16	
	Tha tòrr seiseanan trèanaidh a thachair fad a' bhliadhna	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.16	
	Tha mi a' toirt taic do na Fèisean le tabhartasan, leabhraichean, ionnstramaidean, Faileas, m.s.a.a.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	

AINM	**ANGUS MACLEOD**			
DREUCHD	**OIFIGEAR DRÀMA**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròghraim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		

AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra	
	Tha mi ag obair cuide ri mo cho-obraiche Nicola Simpson air pròiseact a tha Moniack Mhòr an dùil a lìbhreagadh anns an Fhaoilleach 2016 a bhios ag amas air sgilean sgrìobhaidh chruthachail a leasachadh ann an sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig. Thathar a' rannsachadh cothroman gus sgrìobhadairean fhastadh gus dealbhan-chluiche ùra a sgrìobhadh airson Meanbh-chuileag, An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2016 agus Fèis Thèatar Òigridh na Gàidhlig 2016.	
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh	
	Tha mi a' stiùireadh an Sgoil Shamhraidh Dhràma a bhios a' gabhail àite turas gach bliadhna. Tha mi'n dùil na cinn-latha airson na Sgoile Samhraidh Dràma ann an 2016 a dhearbhadh agus a shanasachd agus foirmean-iarrtais air-loidhne a sgaoileadh anns an Dàmhair.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC11	Bùiththean-obrach is prògraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig)	
	Às dèidh 5 làithean de obair-deasachaidh, air 1 Sultain, thòisich turas nàisteana a mhàireas 6 seachdain leis an dealbh-chluich Gàidhlig 'Eachdraidh na Gàidhealtachd: 8000 RC – 695 AD' le Meanbh-chuileag, pròiseact thèatar-oideachaidh Fèisean nan Gàidheal. Tha bùth-obrach eadar-obrachail na phàirt den dealbh-chluich a bhios a tadhal air bun-sgoiltean le roinnean Gàidhlig agus ag amas air sgoilearan eadar P4-P7. Chaidh na cleasaichean Artair Donald agus Catriona NicNeacail fhastadh gus a' phròiseact a' lìbhreagadh. Criochnaichidh an turas san t-seachdain mu dheireadh den teirm.	
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G	
	Thug mi taic do oifigearan leasachaidh a thaobh a bhith ag ullachadh goireasan airson cur-seachadan Sgioba G agus thug mi stiùir do luchd-stiùiridh Sgioba G aig Fèis Chataibh agus Fèis Mhoireibh. Chaidh 'Meanbh-fhèis a chumail fad làtha aig Àrd-sgoil Phort Rìgh air Dimàirt 30 Òg Mhios agus ghabh a h-uile sgoilear às a chiad bliadhna pàirt ann, fileantaich agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Anns a' mhadainn bha clàr-ama de chlasaichean far an robh 5 luchd-oide le Gàidhlig a' lìbhreagadh clasaichean de dhannsa-ceum, dràma, ruitheamachd, seinn agus dùbhlan le mapa-ionmhais. Air an fheasgar bha cuirm-chiùil ann far an deach tàlantan luchd-oide na Fèise agus sgoilearan a thaisbenadh air an àrd-ùrlar.	
AC13	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean	
	A' leantainn air a' phròiseact deuchainn de Hùb Hàb a chaidh a lìbhreagadh anns an Fhaoilleach 2015 thathar a dealbhadh pròiseact ùr airson Hùb Hàb le sùil ga chur air bhog san Dùbhlachd 2015/ Faoilleach 2016.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig	
	Tha mi ag obair cuide ri mo cho-obraiche Nicola Simpson air pròiseact còmhnaidh a tha Moniack Mhòr an dùil a lìbhreagadh anns an Fhaoilleach 2016 a bhios ag amas air sgilean sgrìobhaidh chruthachail a leasachadh ann an sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig. Tha mi a' stiùireadh an Sgoil Shamhraidh Dhràma, sgoil chòmhnaidh a bhios a' gabhail àite turas gach bliadhna. Tha mi'n dùil na cinn-latha airson na Sgoile Samhraidh Dràma ann an 2016 a dhearbhadh agus a shanasachd agus foirmean-iarrtais air-loidhne a sgaoileadh anns an Dàmhair.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		

AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin	
	Dh' fhrithealaich mi 'Music Melting Pot' latha trèanaidh a chuir Fèis Rois air dòigh a bh'air a chumail aig Ionad-tadhail Bhlàir Chùil Lodair air Dimàirt 18 Lùnastal.	
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh	
	Chlàraich mi neach air an sgeama son Duais Airgid aig Duais nan Ealan a bhios stèidhte air an eòlas a chuir i air an Sgoil Shamhraidh Dhràma mar neach-taic.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC32	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan	
	Obair leantainneach ann a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal aig **www.feisean.org** A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal aig **www.facebook.com/feisean** A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal **@FNGaidheal** A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangailte ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn aig **www.youtube.com/feiseannangaidheal** A' taisbeanadh agus a cumail tasglann de obair na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig **www.vimeo.com/feiseannangaidheal** A' taisbeanadh agus a cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoile Shamhraidh Dhràma agus pròiseactan eile air Flickr aig **www.flickr.com/feiseannangaidheal**	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean	
	Luchd-stiùiridh Sgioba G – Thathar a' leasachadh làithean trèanaidh ag amas air oileanaich fileanta sa Ghàidhlig. Thathar a beachdachadh air sreath de chinn-latha aig coltaistean/ oilthaighean air feadh na dùthcha far an gabhadh làithean trèanaidh a chumail. Tha Fèisean nan Gàidheal a' toirt seachad cothroman cosnaidh agus agus sgilean ùra do chleasaichean le Gàidhlig tron phròiseact tèatar oideachaidh Meanbh-chuileag agus Hùb Hàb.	
AC36	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga	
	Tron Sgoil Shamhraidh Dhràma tha deugairean eadar 14 agus 18 a' faighinn trèanadh. Tha deugairean a' faighinn sgilean ùra agus cothrom gan taisbeanadh tro Fèis Thèatar Òigridh Gàidhlig. Tha cleasaichean òga a' faighinn cothroman-obrach tro obair Meanbh-chuileag.	
AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Tha mi ag obair cuide ri mo cho-obraiche Nicola Simpson air pròiseact còmhnaidh a tha Moniack Mhòr an dùil a lìbhreagadh anns an Fhaoilleach 2016 a bhios ag amas air sgilean sgriobhaidh chruthachail a leasachadh ann an sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig. Chaidh An Sgoil Shamhraidh Dhràma, sgoil chòmhnaidh bhliadhnail a chumail ann am Port Rìgh.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith		

cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	
	Obair leantainneach ann a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal aig **www.feisean.org** A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal aig **www.facebook.com/feisean** A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal **@FNGaidheal** A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangailte ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn aig **www.youtube.com/feiseannangaidheal** A' taisbeanadh agus a cumail tasglann de obair na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig **www.vimeo.com/feiseannangaidheal** A' taisbeanadh agus a cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoile Shamhraidh Dhràma agus pròiseactan eile air Flickr aig **www.flickr.com/feiseannangaidheal**	
AC51	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan	
	Obair leantainneach ann a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal aig **www.feisean.org** A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal aig **www.facebook.com/feisean** A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal **@FNGaidheal** A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangailte ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn aig **www.youtube.com/feiseannangaidheal** A' taisbeanadh agus a cumail tasglann de obair na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig **www.vimeo.com/feiseannangaidheal** A' taisbeanadh agus a cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoile Shamhraidh Dhràma agus pròiseactan eile air Flickr aig **www.flickr.com/feiseannangaidheal**	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG2	A' leudachadh phrògraman de sheirbheisean Gàidhlig ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach tachartasan ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean agus ann an coimhearsnachdan	
	A' leantainn air a' phròiseact deuchainn de Hùb Hàb a chaidh a lìbhreagadh anns an Fhaoilleach 2015 thathar a dealbhadh pròiseact ùr airson Hùb Hàb le sùil ga chur air bhog san Dùbhlachd 2015/ Faoilleach 2016. Chaidh 'Meanbh-fhèis a chumail fad làtha aig Àrd-sgoil Phort Rìgh air Dimàirt 30 Òg Mhios agus ghabh a h-uile sgoilear às a chiad bliadhna pàirt ann, fileantaich agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Anns a' mhadainn bha clàr-ama de chlasaichean far an robh 5 luchd-oide le Gàidhlig a' lìbhreagadh clasaichean de dhannsa-ceum, dràma, ruitheamachd, seinn agus dùbhlan le mapa-ionmhais. Air an fheasgar bha cuirm-chiùil ann far an deach tàlantan luchd-oide na Fèise agus sgoilearan a thaisbenadh air an àrd-ùrlar. Tha deugairean a' faighinn sgilean ùra agus cothrom gan taisbeanadh tro Fèis Thèatar Òigridh Gàidhlig. Tòisichidh obair-deasachaidh airson Fèis Dràma Earra-Ghàidheal 's Loch Abar 2016 san Dàmhair.	
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	

	Tha mi ag obair cuide ri mo cho-obraiche Nicola Simpson air pròiseact còmhnaidh a tha Moniack Mhòr an dùil a lìbhreagadh anns an Fhaoilleach 2016 a bhios ag amas air sgilean sgriobhaidh chruthachail a leasachadh ann an sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig. Chaidh An Sgoil Shamhraidh Dhràma, sgoil chòmhnaidh bhliadhnail a chumail ann am Port Rìgh.
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh	
InG12	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga
	An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2015 Chaidh Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna sa a chumail ann am Port Rìgh eadar 6 agus 17 Iuchar 2015 agus bha e fosgailte do dheugairean fileanta sa Ghàidhlig eadar 14 agus 18 bliadhna a' dh' aois. Chaidh Daibhidh Walker fhastadh mar stiùiriche ealain na Sgoile agus oidiche le taic bho Ruairidh MacNeacail a tha na obraiche dràma airson Eden Court Chruthachail. Chaidh neach fhastadh mar neach-taic agus a chlàradh air an sgeama aig Duais nan Ealan. Dh'fhuirich na compàirtichean aig ostail Àrd-sgoil Phort Rìgh agus chaidh an oideachadh aig Àrd-sgoil Phort Rìgh. Chaidh obair deasachaidh san dàrna seachdain agus taisbeanadh na Sgoile air an oidhche mu dheireadh a chumail aig Àros. A' leantainn air soirbheachais cruth na Sgoile an uiridh, fhuair mi cead 'DNA' dealbh-chluich Dennis Kelly eadar-theangachadh gu Gàidhlig agus chaidh a chleachdadh mar bhun-stèidh na Sgoile. Chaidh film goirid airson FilmG 2016 a riochdachadh cuideachd. Fhuair compàirtichean cothrom na bùthan-obrach ann an sgilean siorcais aig 'Let's Circus' a dhèanamh agus an taisbeanadh aca fhaicinn a bha mar phàirt de Fèis an Eilein. Thèid fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma agus bidh dealbhan agus film den taisbeanadh ri fhaicinn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd **Thèatar Òigridh Gàidhlig – Bùthan-obrach agus Fèis 2015** Eadar 29 Giblean agus 10 Sultain lìbhrig mi measgachadh de 19 bùthan-obrach dràma agus seiseanan deasachaidh agus sgrìobh mi sgriobtaichean. Bha mi cuideachachd an sàs mar neach-taic anns na 3 bùthan-obrach anns na h-ealain didsiteach aig Eden Court Chruthachail agus mar stiùiriche aig an Fhèis fad latha agus taisbeanadh poblach a chaidh a chumail air Diardaoin 10 Sultain.
InG13	A' tabhann cùrsaichean trèanaidh ùghdarraichte do dhaoine òga
	Chaidh neach fhastadh mar neach-taic agus a chlàradh air an sgeama aig Duais nan Ealan.
InG15	A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean.
	Dh'fhrithealaich mi 'Music Melting Pot' latha trèanaidh a chuir Fèis Rois air dòigh a bh'air a chumail aig Ionad-tadhail Bhlàir Chùil Lodair air Dimàirt 18 Lùnastal.
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna
	Chaidh Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna sa a chumail ann am Port Rìgh eadar 6 agus 17 Iuchar 2015 agus bha e fosgailte do dheugairean fileanta sa Ghàidhlig eadar 14 agus 18 bliadhna a' dh' aois. Chaidh Daibhidh Walker fhastadh mar stiùiriche ealain na Sgoile agus oidiche le taic bho Ruairidh MacNeacail a tha na obraiche dràma airson Eden Court Chruthachail. Chaidh neach fhastadh mar neach-taic agus a chlàradh air an sgeama aig Duais nan Ealan. Dh'fhuirich na compàirtichean aig ostail Àrd-sgoil Phort Rìgh agus chaidh an oideachadh aig Àrd-sgoil Phort Rìgh. Chaidh obair deasachaidh san dàrna seachdain agus taisbeanadh na Sgoile air an oidhche mu dheireadh

	a chumail aig Àros. A' leantainn air soirbheachais cruth na Sgoile an uiridh, fhuair mi cead 'DNA' dealbh-chluich Dennis Kelly eadar-theangachadh gu Gàidhlig agus chaidh a chleachdadh mar bhun-stèidh na Sgoile. Chaidh film goirid airson FilmG 2016 a riochdachadh cuideachd. Fhuair compàirtichean cothrom na bùthan-obrach ann an sgilean siorcais aig 'Let's Circus' a dhèanamh agus an taisbeanadh aca fhaicinn a bha mar phàirt de Fèis an Eilein. Thèid fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma agus bidh dealbhan agus film den taisbeanadh ri fhaicinn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig
	Tha mi ag obair cuide ri mo cho-obraiche Nicola Simpson air pròiseact a tha Moniack Mhòr an dùil a lìbhreagadh anns an Fhaoilleach 2016 a bhios ag amas air sgilean sgriobhaidh chruthachail a leasachadh ann an sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig. Chaidh An Sgoil Shamhraidh Dhràma, sgoil chòmhnaidh bhliadhnail a chumail ann am Port Rìgh.
Builean Bhòrd na Gàidhlig	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.16
	Bidh mi a' frithealadh seisean trèanaidh gus ar sgilean cànain a leasachadh a thèid a chumail air Diardaoin 24 Sultain.
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.16
	Dh'fhrithealaich mi 'Music Melting Pot' latha trèanaidh a chuir Fèis Rois air dòigh a bh'air a chumail aig Ionad-tadhail Bhlàr Chùil Lodair air Dimàirt 18 Lùnastal.
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.16
	Thug mi taic do na h-oifigearan leasachaidh a thaobh a bhith ag ullachadh goireasan airson cur-seachadan Sgioba G agus thug mi stiùir do luchd-stiùiridh Sgioba G aig Fèis Chataibh agus Fèis Mhoireibh.
BnG7	Thèid panto Gàidhlig air chuairt a' tadhal air co-dhiù sia sgìrean ro 31.03.16
	Às dèidh ùine dheasachaidh aig deireadh na Samhna gabhaidh turas nàiseanta àite a' tòiseachadh air a' chiad sheachdain den Dùbhlachd 2015.
BnG8	Bithear a' cumail còmhraidhean le Bòrd na Gàidhlig, leis an amas gun tèid dràma/cleasachd airson clann aois 3-7 a thoirt air adhart
	A' leantainn air a' phròiseact dearbhaidh de Hùb Hàb a chaidh a lìbhreagadh san Fhaoilleach 2015 thathar a leasachadh pròiseact ùr le sùil ga lìbhreagadh anns an Dùbhlachd 2015/ Faoilleach 2016.
BnG9	Às dèidh nan còmhraidhean sin, bidh e na amas cuairt fad seachdain a chur air dòigh airson clann aois 3-7, a bhios a' tabhann seiseanan dràma is ciùil do sgoiltean-àraich (co-dhiù deich buidhnean) ro 31.03.16
	A' leantainn air a' phròiseact dearbhaidh de Hùb Hàb a chaidh a lìbhreagadh san Fhaoilleach 2015 thathar a leasachadh pròiseact ùr le sùil ga lìbhreagadh anns an Dùbhlachd 2015/ Faoilleach 2016.
BnG10	80 bùth-obrach dràma Ghàidhlig a lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba ro 31.03.16
	Thèatar Òigridh Gàidhlig – Bùthan-obrach agus Fèis 2015 Eadar 29 Giblean agus 10 Sultain lìbhrig mi measgachadh de 19 bùthan-obrach dràma agus seiseanan deasachaidh agus sgrìobh mi sgriobtaichean. Bha mi cuideachachd an sàs mar neach-taic anns na 3 bùthan-obrach anns na h-ealain didsiteach aig Eden Court Chruthachail agus mar stiùiriche aig an Fhèis fad latha agus taisbeanadh poblach a chaidh a chumail air Diardaoin 10 Sultain.

	Pròiseact Leasachaidh Coimhearsnachd na Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd ann an Loch Abar Thug Fèisean nan Gàidheal stiùir do phròiseact coimhearsnachd Chomhairle na Gàidhealtachd a fhuair maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig a tha an dùil na pròiseactan dràma a leanas a leasachadh ro dheireadh an Dùbhlachd 2015: • Pròiseact dràma coimhearsnachd ag amas air buidhnean à roinnean Gàidhlig bho Bun-sgoil Mhalaig agus Bun-sgoil a' Ghearasdain. • Bùthan-obrach ann an dràma airson rèidio ag amas air buidheann de luchd-ionnsachaidh anns a' Ghearasdain. • Bùthan-obrach fad latha ann an sgilean dràma a thathar an dùil a bhrosnaicheas dràma coimhearsnachd.
BnG11	Thèid co-dhiù 3 buidhnean dràma òigridh airson clann àrd-sgoile a stèidheachadh ann an co-bhuinn ri buidheann eile ro 31.03.16. Tha ceangal aig seo ri cùmhnant com-pàirteach a th' againn le Eden Court mar phàirt den Lìonra Dràma.
	Tron sgeama 'Lìonra Dràma Ghàidhlig' aig Bòrd na Gàidhlig, tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus cothroman a bharrachd a thoirt do sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd sgilean dràma ionnsachadh agus taisbeanaidhean dràma a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig. Eadar 29 Giblean agus 10 Sultain lìbhrig mi measgacachadh de 19 bùthan-obrach dràma agus seiseanan deasachaidh aig Thèatar Òigridh Bhaile Dhubhthaich agus Thèatar Òigridh Inbhir Pheofharain . Bha mi cuideachachd an sàs mar neach taic anns na 3 bùthan-obrach anns na h-ealain didsiteach aig Eden Court Chruthachail agus mar stiùiriche aig an Fhèis fad latha agus taisbeanadh poblach a chaidh a chumail air Diardaoin 10 Sultain. A' toirt a-steach buill den bhuidheann stèidht an Inbhir Nis ' Sgioba Dràma Òigridh Inbhir Nis' uile gu lèir ghabh 18 deugaire pàirt san Fhèis aig Eden Court. Shoirbhich leis an Fhèis agus tha mi air teachdaireachdan fhaighinn bho chompàirtichean agus pàrantan ga moladh. Dh'fhrithealaich timcheall air 50-55 an tachartas. Chaidh an tachartas fhoillseachadh air loidhne le Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court agus air a' phròram naidheachd aig BBC Alba 'An Là' agus air pròram naidheachd Radio nan Gàidheal 'Aithris na Maidne'.
BnG12	Cuairt le dràma Ghàidhlig a mhaireas 6 seachdainean timcheall sgoiltean Gàidhlig ro 31.03.16
	Às dèidh 5 làithean de obair deasachaidh, air a' 1 Sultain, thòisich turas nàisteana a mhàireas 6 seachdain le dealbh-chluich Gàidhlig 'Eachdraidh na Gàidhealtachd: 8000 RC – 695 AD' le Meanbh-chuileag, pròiseact thèatar-oideachaidh Fèisean nan Gàidheal. Tha bùth-obrach eadar-obrachail na phàirt den dealbh-chluich a bhios a tadhal air bun-sgoiltean le roinnean Gàidhlig agus ag amas air sgoilearan eadar P4-P7. Chaidh na cleasaichean Artair Donald agus Catriona NicNeacail fhastadh gus a' phròiseact a' lìbhreagadh. Criochnaidh an turas san t-seachdain mu dheireadh den teirm.
BnG13	Cuairt a mhaireas dà sheachdain le dealbh-chluiche dà-chànanach airson sgoiltean a tha tabhann GLPS no far an robh oidean Fèisgoil a' teagasg, ro 31.03.2016
	Às dèidh coinneamh le Judith Baker, Co-òrdanaiche Foghlam agus For-ruigheachd bho Tasglann na Gàidhealtachd air Dihaoine 21 Lùnastal tha plana ann gum b' urrainn dhuinn obrachadh còmhla gus dealbh-chluich dà-chànanach a lìbhreagadh do sgoiltean a tha tabhann Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh sa bhun-sgoil ann an sgìre Inbhir Nis.
BnG18	Na amas gum bi 15 duine aois 14-18 a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma ann an 2015
	Bha 11 compàirtiche aig Sgoil Shamhraidh Dhràma na bliadhnasa
BnG24	Bheirear aithne iomchaidh don taic a fhuaras bho Bhòrd na Gàidhlig an lùib gach pròiseict, le fianais air sin gach ràith.
	Chaidh Bòrd na Gàidhlig ainmeachadh ann an sanasachd airson Meanbh-fhèis Àrd-sgoil Phort Rìgh, An Sgoil Shamhraidh Dhràma agus Fèis Thèatar Òigridh na Gàidhlig agus pròiseactan Meanbh-chuileag. Bha an Sgoil Shamhraidh Dhràma air a shanasachd air loidhne, chaidh agallamh comhla rium fhèin 's

	stiùiriche ealain na Sgoile a chraoladh air 'Aithris na Maidne' air BBC Radio nan Gàidheal. Chaidh sanas a chuir sa Phaipear Bheag agus nochd dealbh slàn de dhealbhan bhon Sgoil Shamhraidh Dhràma às dèidh làimh. Chaidh agallamh a chraoladh le dithis compàirtiche air Cuillin FM agus chaidh oidhche thaisbeanaidh na Sgoile a shanasachd gu cunbhallach bhon stèisean. Nochd fiosan-naidheachd a a bha brosnachadh dhaoine gus foirmean-iarrtais a chur a-steach air a shon anns na pàipearan naidheachd aig an Stornoway Gazette, Oban Times agus Press and Journal. Chaidh Fèis Thèatar Òigridh Gàidhlig 2015 fhoillseachadh air pròram naidheachd a' BhBC 'An Là' agus air pròram nàidheachd Radio nan Gàidheal 'Aithris na Maidne'.

AINM	**NICOLA SIMPSON**			
DREUCHD	**ÀRD OIFIGEAR LEASACHAIDH**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròraim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Bho chionn goirid, fhuair da Fèisean san sgìre agam taic-airgid bhon sgeama- leasachaidh. Bidh Fèis Inbhir Narainn a' ruith Latha Pìobaireachd trath anns a bliahdn ùra agus fhuair Fèis Spè taic airson conairt a' chuir air doigh airson comharrachadh coig blidhna air fhichead den Fhèis.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Mar phàirt den obair làitheil agam bidh mi ag obair leis na Fèisean agam airson na pròraman obrach fad bliadhna aca a cumail a' dol agus a leasachadh. An-dràsta, bidh sia a-mach a naoi Fèisean agam a' deanamh clasaichean agus buthan-obrach a bharrachd air na prìomh Fèisean aca.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig	
	Aig an àm seo, tha mi ag obair còmhla ri an Oifigear Dràma againn Aonghas MacLeoid airson tachartas sgriobhaidh, ùr a cuir air doigh ann an co-bhann ri Moniack Mhòr – Ionad Sgrìobhaidh Chruachail na h-Alba.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra	
	Chuir Fèis Spè da choimiswan ùra air bhoig aig an consairt Blas aca. Aon a chaidh a sgrìobhadh gu sonraichte airson comhrachadh coig bliadhna air fhichead den Fhèis agus aon air a sgrìobhadh mar phàirt den iomlaid aca eadar Alba is Eireann.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	Mar phàirt den obair laitheil agam, bidh mi a cuideachadh na Fèisean le buidseatan agus iarrtasan airson taic-airgid airson a h-uile tachartas aca. Bidh mi a' coinneachadh leis na Fèisean agam eadar An t-Samhain agus Am Faoilleach airson planaichean agus buidseatan a cuir air doigh airson am bliadhna ri tighinn.	
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G	
	Far a bheil e iomchaidh, bidh mi a' cuideachadh Fèisean airson sgioba-G a cur air doigh. Bidh Fèis a' Bhaile a tachairt anns an Damhair agus bidh iad a' cleachadh na goireasan aig Sgoiba-G.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail	
	Tha còmhlan ceilidh airson òigridh aig Fèis Spè agus Fèis Inbhir Narainn agus tha còmhlan clàrsaich aig	

	Fèis Mhoireibh bidh iad uile a' cluich gu math tric aig tachartasan ionadail. Anns an Lùnastal chluich Fèis Spè agus Fèis Mhoireibh aig Knockando Mill, aite ùr airson an dà bhuidheann.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC18	A' dol an sàs mar bhuidheann chom-pàirteach ann an obair Chom-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd	
	Bidh mi a' fritheiladh coinneamhan den Highland Youth Arts Hub a riochdachadh Fèisean nan Gàidheal. Tha e gu math feumail a' bhith na phàirt den bhuidheann seo oir bidh sinn a' leasachadh ceangalan ùr le buidhnean ealain eile agus airson fiosrachadh a sgaoileadh.	
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile	
	Bidh mi a' dol gu coinneamhan Blas airson na Fèisean a riochdachadh.	
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig	
	Aig an àm seo tha mi ag obair air iomlaid ciùil, tro mheadhan na Gàidhlig eadar Alba agus Eireann.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean	
	Bho latha gu latha, bidh mi ag obair leis an sgioba leasachaidh air fad airson taic a thoirt do na Fèisean anns an sgìrean agam agus do na Fèisean a tha a' ruith Cèilidhean air Chuairt.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta	
	Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachaidh mu dheidhinn chothroman trèanaidh mar phàirt den obair laitheil agam.	
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh	
	Bìdh mi an sàs ann an dà phroiseact chom-pàirteach a chruachadh cothromon airson daoine òga – an iomlaid eader Alba is Eirinn agus am proiseact sgrìobhaidh le Moniack.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh	
	Bidh sinn ag obair leis na Fèisean air fad, agus a' toirt taic riutha airson Gàidhlig a chleachdadh agus a leasachadh aig na tachartasan aca.	
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh	
	Am bliadhna seo bha ochd buidhnean a-mach air an rathad anns an Iuchar agus an Lùnastal a bharrachd air a' Chuairt Cèilidh Nàiseanta	
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile	
	Bha aon daoine deug òga bho dhiofar sgìrean anns na Gàidhealtachd agus na h-Eileanan a sàs ann an consairt mu dheireadh aig Blas am bliadhna seo. Chluich iad trì seata a dh' ionnsaich iad aig tachartas còmhnaidheach sonraichte ann am Port Rìgh.	
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Chluich mòran compàirtichean bho diofar Fèisean aig tachartasan Blas. Mar phàirt den Iomlaid againn, tha mi an dòchas gum bidh cothrom aig na compàitichean bho Alba agus Èirinn a' bhith cluich aig Fleadh Cheòil na h-Èirinn ann an Ennis, anns an Lùnastal 2016 a bharrachd air cluich ann an Inbhir Nis san Dàmhair airson an sreath eader-naiseanta de Iomain/Hurling. Anns na mìosan ri tighinn tha mi an dòchas a bhith bruidhinn ri Celtic Connections mu dheidhinn cothrom airson compàirtichean bho na Fèisean a' bhith sàs anns an Fhèis agus cuideachd tha mi an dòchas gum bi cothrom agam a bith	

	bruidhinn ri an co-ordaniche bho Fèis Cheap Bhreatain nuair a bhios mi thall ann an Ceap Bhreatain san Dàmhair.	
AC32	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan	
	'S e rud math gu bheil Rowan ag obair còmhla rinn oir tha sin a sgaoileadh tòrr a bharrachd fiosrachadh agus mar sin tha na Fèisean a' deanamh an aon rud.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC20	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC20	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG8	A' cur airgead an seilbh Maoin Leasachaidh nam Fèisean gus leasachaidhean cruthachail ùra a mhaoineachadh ann an coimhearsnachdan agus tha an t-airgead sin a' toirt cothrom don luchd-iarrtais tuilleadh maoineachaidh a tharraing a-steach	
	Faic AC1	
InG9	Taic ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho-lìonra taice nam Fèisean	
	Anns an dreuchd agam, bidh mi an comhnaidh a' sireadh cothroman airson lìonrachadh oir tha e gu math feumail airson na Fèisean a bhith bruidhinn ri cheile agus a' sgoileadh fiosrachadh. Aig an coinnemah bhliadhnail FnG bidh mi stiùireadh coinneamh den oifigearean leasachaidh agus luchd-taic bho na Fèisean agus Fèisean nan Gàidheal.	
InG10	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus prògraman coimhearsnachd a chumail suas	
	An-dràsta tha mi ag obair leis an co-ordaniche agus am bòrd-stiùiridh aig Fèis Inbhir Narainn airson taic-airgid trì-bhliadhna fhaighinn airson an Fhèis a' leasachadh agus an dreuchd a leudachadh.	
InG11	Prògraman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean	
	Faic AC24	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG12	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga	
	Mar phàirt de na Cèilidhean air Chuairt gabh dà fhichead sa trì daoine òga pàirt ann an Fèis Alba, an seachdain treanaidh againn airson na Cèilidhean air Chuairt. Thachair sin anns a' Phloc agus ann an Drochaid Ruaidh anns an Iuchar. Fhuair na compàirtichean treanadh ann an rudan mar PA, Oran-Gàidhlig agus sgilean-taisbeanaidh.	
InG13	A' tabhann cùrsaichean trèanaidh ùghdarraichte do dhaoine òga	
	Air an 8mh latha den t-Ògmhios rinn mi latha treanaidh airson an Arts Award. Bha duil agam a bhith tòiseachadh obair air a' phroiseact seo leis na Cèilidhean air Chuairt ach cha robh tide gu leor againn. Tha mi an dòchas gum bi sinn a' deanamh an Arts Award mar phàirt den phroiseact an ath bhliadhna.	
InG14	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil	
	Bha buth-obrach ùr againn aig Fèis Alba am bliadhna seo ann margaideach didseatach. 'S e cuspair gu	

	math farsaing agus gu math cudromach a th' ann ach tha mi cinnteach gun robh e feumail airson na compàirtichean, gu h-airidh na feadhainn a tha ag iarraidh a bhith nan ceòladairean làn-thìde.
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach	
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt
	Faic AC28
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas
	Faic AC19 & AC29
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig
	Faic CS20
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh
	Faic AC31
Builean Bhòrd na Gàidhlig	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.16
	Anns an dreuchd agam bidh mi ag obair le naoi Fèisean eadar Sgire na Gàidhealtachd, Mhoirebh agus Obar Dheathain. Anns an obair-laitheil agam bidh mi ag obair leis an sgioba leasachaidh air fad airson taic a thoirt do na Fèisean anns an sgìrean seo agus do na Fèisean a tha a' ruith Chèilidhean air Chuairt. Thachair Fèis na-Òige agus Fèis Gleann Albainn anns an Iuchar agus bha àireamhan de compàirtichean glè mhath. Bidh Fèis Spè a' dol air adhart ann am Bun-sgoil an Aghaidh Mhòr bho 12 – 16 an Dàmhair agus bidh Fèis a' Bhaile ann an Acadamaidh Allt a' Mhuilean ann an Inbhir Nis, an seachdain às dèidh sin. Bidh Fèis Rois air an aon seachdain ann an Ullapul mar as àbhaist. Thòisich Fèis Inbhir Narainn sreath ùr de na clasaichean aca bho chionn goirid agus tha iad a' ruith coig clasaichean deug gach seachdain. Bidh Fèis Mhoireibh a' ruith clasaichean cuideachd aig an àm seo agus bidh clàrsach gu math làidir an sin. Choinnich mi ri Fèis Farr mìos air ais agus bidh iad a' ruith sreath ùr de buthan-obrach anns a bhliadhn' ùr.
BnG6	Bidh 6 Fèisean air clasaichean 'Fèis Bheag' no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean a ruith ro 31.03.16
	Anns an sgìre agamsa, bidh Fèis Spè agus Fèis na h-Òige a' ruith clasaichean' Fèis-bheag.

AINM	**RACHEL HARRIS**			
DREUCHD	**OIFIGEAR LEASACHAIDH**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròg raim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Bho chionn ghoirid tha mi air taic a thoirt dha Fèis air an Oir gus iarrtas a dheasachadh dhan spòran seo gus a' phrìomh fhèis aca a chur na thachartas chòmhnaidh. Tha iad a' feitheamh air na toraidhean.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg ram obrach fad na bliadhna a chur air chois	

	Bidh mi a' toirt taice cunbhalaiche dha na fèisean sa roinn agam gus an obair aca a leadachadh is gus pròg ramman fad na bliadhna a leasachadh. 'S e Fèis Ghlaschu a' phrìomh fhèis a tha feumach air an t-seòrsa taic seo an-dràsda is iad a' cur program ùire de chlasaichean cunbhalach air bhog air an teirm-sgoile seo.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig	
	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra	
	Às dèidh ath-structar Fèisean nan Gàidheal tha seo na dhleastanas dhomh-sa is tha mi ag obair air tachartas iomchaidh a stèidheachadh a bheir taic seachad le seo.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	Tha mi toirt taice leantainniche dha na fèisean agam le bhith a' cur a-staigh iarrtasan agus tagraidhean do Sgeama Tabhartasan Fèisean nan Gàidheal. Tha mi cuideachd a' toirt taic dha na fèisean le planadh ionmhasail, a' toirt an aire ri ìrean pàighidh Aonadh an Luchd-ciùil is gam brosnachadh gus na h-ìrean seo a thoirt a-staigh cho mòr agus 's urrainn.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil	
	Tha mi tric a' cuideachadh nam fèis agam ann a bhith a' faotainn iasad ionnsramaid bho bhanca Fèisean nan Gàidheal.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Tha mi toirt taice leantainniche dhan sgeama PVG again gus dèanamh cinnteach gu bheil na fèisean uilig air na tachartasan aca a chur air dòigh le dìon iomchaidh dha chloin agus inbhich so-leonte.	
AC10	A' toirt taic ionmhasail seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan	
	Tha mi dèanamh cinnteach gu bheil na fèisean uilig eòlach air a' phoilieasaidh againn air Co-ionnanachd Chothroman is fhios aca gu bheil taic-airgid ri fhaotainn gus tacsa a bharrachd a chur air dòigh dha com-pàirtichean ma dh' fheumar. Bho chionn ghoirid thug mi taic dha fèis air a' Ghàidhealtachd le bhith a' cur air dòigh agus a' faighinn taic-airgid gus neach-taic foghlaim fhastadh dha nighean aig an robh feumlachdan a bharrachd.	
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G	
	Bidh mi a' brosnachadh a h-uile fèis agam gus feum a dhèanamh de Sgioba-G aig na tachartasan aca cho tric 's a ghabhas.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail	
	Tha mi tric a' cuideachadh òganaich bho na fèisean agam le bhith a' cur taisbeanaidhean is cuirmean a bharrachd air dòigh, m.e. anns an Ògmhios 2015 chluich triùir bho Fhèis Chataibh aig co-labhairt ann an Inbhir Nis.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean	
	Bidh mi a' toirt taice ro-innleachdaile dha luchd-eagrachaidh ionadail gus iarrtasan agus tagraidhean a chur a-staigh airson obair rianachd fo Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.	
AC17	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh	
	Am bliadhna thòisich mi ag obair le fèis ùr ann am Pàislig is mi a' toirt taice dhaibh le planaichean agus trèanadh airson na ciad fhèise riamh aca san Iuchar 2015.	
AC18	A' dol an sàs mar bhuidheann chom-pàirteach ann an obair Chom-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd	
	Tha mi a' cumail taice ri Nicola Simpson, riochdaire Fèisean nan Gàidheal air paineal Com-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd.	
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile	
	Tha mi cumail taice cunbhalaiche le Blas mar a tha iomchaidh.	
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig	
	Chuir mi Fèis nan Òran air dòigh ann an Inbhir Nis as t-Sultain 2015, fèis chòmhnaidh a' lìbhrigeadh oideachais ann an òrain Ghàidhlig agus 17 òganaich eadar 15 is 22 bliadhna a dh' aois a' gabhail pàirt	

	innte.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean	
	Tha mi a' cumail taice ro-innleachdaile is pragtaigich ris na 13 fèis anns an roinn agam. Bidh mi tric ag obair còmhla ris na h-oifigearan leasachaidh eile gus cothroman a bharrachd a leasachadh dha fèisean air feadh na dùthcha.	
AC22	A' cruthachadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail	
	Tha mi a' frithealadh choinneamahan planaidh nam fèis agam gu cunbhalach gus sàr-chleachdaidhean agus tuigse air na poileasaidhean againn a bhrosnachadh. A bharrachd air seo tha mi cuideachd tric a' cur ghoireasan is innealan air adhart dha mo cho-obraichean, m.e. stuth sanasachd agus foirmichean coitcheann. Tha an sgioba leasachaidh, fo stiùir Nicola Simpson, air pasgan 'Ciamar a chuireas tu fèis air dòigh' ùrachadh a bhios na ghoireas gu math feumail dha na fèisean.	
AC23	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain	
	Tha a h-uile ball de dh' Fhèisean nan Gàidheal a' faighinn àrachais iomchaidh tron bhuidheann airson gach taobh dhen obair aca anns na h-ealain.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta	
	Tha mi tric a' brosnachadh nam fèis agam pàirt a ghabhail ann an trèanadh sam bith a nì feum dhaibh mar luchd-eagrachaidh fèise. Tha mi fhèin air trèanadh a lìbhrigeadh ann an Dìon-chloinne, Sàr Chleachdadh agus Sgilean Chomataidh, agus tha mi air trèanadh a chur air dòigh ann an Ciad Cobhair. Tha mi tric a' sgaoileadh fiosrachaidh mu chothroman trèanaidh ionadail sam bith eile a nochdas.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin	
	Faicibh AC24.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh	
	Bidh mi toirt taice cunbhalaiche dha na fèisean agam air mar a thèid aca Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, m.e. le bhith a' cuideachadh le eadar-theangaichean agus stuth margaideachd gus dèanamh cinnnteach gu bheil iad a' cleachdadh an dà chànan co-ionnan ri chèile.	
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh	
	Tha Cèilidhean air Chuairt aig a dhà dhe na fèisean sa roinn agam – Fèis Chataibh agus Fèis Fhoirt.	
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	Bidh mi a' cumail taice ri Nicola Simspon a tha os cionn taisbeanaidhean sònraichte ris an cur air dòigh.	
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Bidh mi a' toirt taic ri planaichean is obair rianachd an lùib thachartasan is chuirmean sònraichte ann an Alba agus ann an dùthchannan eile far an nochd cothroman. A bharrachd air seo tha am pròiseact dualchais 'Fuaran' air storas ùr de dh' òrain Ghàidhlig a chruthachadh agus thèid seo fhoillseachadh aig deireadh an t-Sultain, a' sealltainn gu digiteach obair na buidhne agus talantan sgioba de sheinneadairean òga.	
AC32	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan	
	Faicibh AC 30 agus 31.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean	
	Bidh mi toirt taice mar tha iomchaidh dha Shona Nic a' Mhaoilinn ann a bhith a' cur trèanadh air dòigh gu luchd-teagaisg nam fèis	
AC34	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus dèanamh	

	cinnteach gun tèid am Poileasaidh Gàidhlig a chur an sàs	
	Faicibh AC33.	
AC35	A’ toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a’ cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos	
	Tha am pròiseact Fuaran air 9 òganaich a chur tro trèanadh ann an cruinneachadh is rannsachadh òran is iad air storas ùr le 22 òran a chruthachadh.	
AC36	A’ toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga	
	Tha mi cumail taice ri Fèis Chataibh is Fèis Fhoirt ann a bhith a’ cumail agus a’ leasachadh nam pròiseact ceilidh air chuairt aca is iad a’ tairgse trèanadh ann an taisbeanadh ciùil is gnìomhachas a’ chiùil dha co-dhiù 12 duine òg gach blaidhna.	
AC37	A’ toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a’ chiùil	
	Faicibh AC 36.	
AC38	A’ sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain	
	Cumaidh mi tai cri manaidsear Fèisgoil mar a bhios iomchaidh.	
AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faicibh AC20.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin		
AC43	Tòisichidh sinn a’ dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd ann an 2015	
	Tha a h-uile fèis eòlach air a’ Phoileasaidh Co-ionnanachd Chothroman again is ga chur an gnìomh. A hbarrachd air seo tha mi tric a’ toirt cuideachadh dha fèisean le iarrtasan dhan spòran #GoSeeShare aig Ionad Òigridh na Gàidhealatchd airson taic le cosgaisean siubhail is tiocaidean gus cuidhteas fhiaghinn air bacaidhean ionmhasail.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th’ againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach ’s a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a’ dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A’ clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Bhon Ghiblean 2015 tha mi air clàr air sgaoilidhean Carbain a chumail a bhuineas ri siubhail airson obair.	
AC46	A’ dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a’ tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math	
	Tha mi brosnachadh nam fèis agam gus coinneamhan is co-labhairtean fòin a chleachdadh cho tric ‘s a ghabhas airson choinneamhan planaidh, agus – far a bheil an ceangal eadar-lìn math gu leòr – prògramman conaltraidh leithid Skype agus Facetime.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a’ toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a’ chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	A’ sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	
	Tha mi a’ cruthachadh agus a’ sgaoileadh brathan-naidheachd is postairean digiteach gu cunbhalach gus obair nam fèis is na buidhne a shanasachadh is mi ag obair an co-bhonn ris an oifigear mhargaidheachd again Rowan Paterson.	
AC48	A’ dèanamh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra	
	Faicibh AC35.	
AC50	A’ cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach	
	Faicibh AC35	
AC51	A’ dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan	
	Faicibh AC30, AC31, AC35 & AC47.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A’ Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faicibh AC20.	
InG5	Eadar-theangachaidhean Gàidhlig	

	Faicibh CS27.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig	
	Faicibh A20	
InG20	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	Faicibh AC30	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faicibh AC30 & AC31.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.16	
	Faicibh AC2, AC7, AC8, AC16, AC21 & AC27.	
BnG6	Bidh 6 Fèisean air clasaichean 'Fèis Bheag' no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean a ruith ro 31.03.16	
	The 'Fèis Bheag' aig 4 de na 13 fèis ris am bi mi ag obair: Fèis Lannraig a Tuath, Fèis Dhùn Èideann, Fèis Innis an Uillt agus Fèis an Iar Thuath. Tha Fèis air an Oir a' beachdachadh air Fèis Bheag a chur ris a' phrìomh fhèis aca san Dàmhair 2015.	
BnG20	A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.	
	Faicibh CS27.	
BnG24	Bheirear aithne iomchaidh don taic a fhuaras bho Bhòrd na Gàidhlig an lùib gach pròiseict, le fianais air sin gach ràith.	
	Bidh mi a' dèanamh cinnteach gun bheil suaicheantas a' Bhùird air a h-uile pìos sanasachd aig na fèisean agam.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	

AINM	**SHONA NIC A' MHAOILEIN**			
DREUCHD	**OIFIGEAR LEASACHAIDH NAN EILEAN SIAR**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròghraim**
AC8	**A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil**	
	Gach bliadhna, ro thoiseach nam Fèisean, bidh mi ag iarraidh air gach Fèis fios a chur thugam air feumalachdan a thaobh ionnstramaidean a bhios a dhìth orra. Bidh mi a' cur giùlan air dòigh eadar Moreen anns an t-Eilean Sgitheanach agus companaidh leithid Heb Haulage no DR Macleod airson na h-ionnstramaidean a chur chun na Fèisean ann an tìde gu leòr mus tòisich iad, agus bidh mi a' dèanamh cinnteach gun gluais iad eadar na Fèisean thar an t-samhraidh agus gun till mi gu Moreen iad nuair a tha na Fèisean anns na h-Eileanan Siar deiseil leotha.	
AC9	**A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon**	

	Feumaidh gach neach a tha gu bhith a' teagasg aig Fèis a dhol tro sgrùdadh PVG, agus bidh mi a' dèanamh cinnteach gun tèid seo a dhèanamh le bhith ga chur ann an cuimhne nam Fèisean gu tric agus ag iarraidh orra liosta den luchd-teagaisg a chur thugainn co-dhiù 6 seachdain ro thoiseach na Fèise. Bheir seo cothrom dhuinn na foirmichean iomchaidh a chur thuca agus am faighinn air ais gu sgiobalta.
AC14	**A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail**
	Bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall a bhith an làthair aig consairtean Fèisean, agus bidh mi gan cuideachadh le bhith gan lìbhrigeadh aig deireadh na seachdain. Ma bhios cuirmean aca taobh a-muigh na Fèise, bidh fios aca gu bheil e comasach dhomh fhèin a lìbhrigeadh mar bhean an taighe, agus tha iad cofhurtail gu leòr le bhith ag iarraidh orm seo a dhèanamh. Bidh mi a' cuideachadh le sanasachd le postairean, facebook, duilleag Fèisean nan Gàidheal agus msaa.
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh	
AC20	**Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig**
	Gach bliadhna, le maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig, bidh Fèis Bharraigh a' cur air dòigh deireadh sheachdain airson deugairean a mhàin. An seo gheibh iad cothrom rudan ùr fheuchainn leithid 'bubble football', windsurfing, iasgach agus obair-buidhne. Gach bliadhna tha e air a bhith air leth soirbheachail agus tha a' chlann air rudan fheuchainn nach biodh comasach dhaibh roimhe. Bidh Fèis Bharraigh a' fastadh dhaoine a tha fileanta sa Ghàidhlig airson seo a lìbhrigeadh agus bidh cùisean a' tighinn gu crìoch le seisean ciùil fosgailte don phoblach.
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile	
AC21	**A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean**
	Tha 11 Fèisean anns an roinn fhìn: Fèis Taigh Dhonnchaidh Fèis an Earraich Fèis Eilean na Hearadh Fèis Tìr an Eòrna Fèis Bharraigh Fèis Tìr a' Mhurain Fèis Eilean an Fhraoich Fèis an Rubha Fèis Thròndairnis Fèis Ratharsair Bidh mi a' frithealadh choinneamhan gu cunbhalach mar a bhios feum aca orm, agus gan cuideachadh ag ullachadh airson na Fèisean aca. Bidh mi air làimh ma tha ceistean sam bith aca, agus bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall a bhith gan cuideachadh le pròiseactan sònraichte sam bith a bhios fainear dhaibh. Ma tha e comasach dhomh, bidh mi an làthair aig na Fèisean aca cho fada 's a tha iad gam iarraidh. Bha na Fèisean uile soirbheachail am bliadhna, le cuid dhiubh a' faicinn àrdachadh ann an àireamhan, agus cèilidhean agus consairtean air na h-oidhcheannan. Bha e air leth sònraichte do dh'Fhèis Eilean an Fhraoich, a bha a' comharrachadh 25 bliadhna, agus chuir iad fàilte air buidhean de dh'Èireannaich bhon bhuidheann Carn Tóchair, a tha stèidhichte ann an Co. Dhoire. Bha iad cho dìcheallach 's gun do sgrìobh iad dealbh-chluich ann an Gàidhlig na h-Alba agus rinn iad aig a' chonsairt e. Bha na deugairean aca an sàs ann am Fèis nan Deugairean agus chaidh fuinn agus òrain a roinn eadar na buidhnean, agus fhuair iad air seo a thaisbeanadh aig seiseanan ciùil an dèidh na Fèise agus aig a' chonsairt mu dheireadh. A-nis agus gu bheil na Fèisean agamsa deiseil, bidh mi a-nis a' coinneachadh riutha airson na coinneamhan bhliadhnail aca agus a' faighinn a-mach mu dheidhinn na tha fainear dhaibh a thaobh clasaichean leantainneach sa gheamhradh, agus a dh' aithghearr bidh sinn ag obair air foirmichean tagraidh airson maoineachadh fhaighinn.
AC23	**A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain**
	Tha teisteanas àrachais againn agus bidh mi a' sgaoileadh seo chun na Fèisean airson gach tachartas a bhios aca.
AC24	**Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta**
	Bidh mi a' faighinn a-mach bho gach Fèis mu dheidhinn na feumalachdan trèanaidh aca. Tha mi air dìon-chloinne a dhèanamh còmhla ri Fèis Tìr an Eòrna agus Fèis Tìr a' Mhurain agus tha mi air fios a

	chur a-mach chun na Fèisean eile feuch a bheil feum acasan air. Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachadh mu dheidhinn cùrsaichean ciad cobhair anns na h-Eileanan Siar oir pàighidh Fèisean nan Gàidheal airson buill-comataidh a chur chun trèanadh.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	**A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh**
	Bidh feum aig gach Fèis air poileasaidh Gàidhlig. Bidh mi a' coinneachadh ris na Fèisean as t-foghair airson poileasaidh Gàidhlig agus plana leasachaidh a dhealbhachadh agus bidh mi gam brosnachadh gus a bhith a' fastadh luchd-teagaisg a tha fileanta sa Ghàidhlig. Bidh cuid de na Fèisean a' tabhann chlasaichean còmhraidh don fheadhainn a tha ag ionnsachadh. Tha liosta de bhriathran feumail againn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal airson luchd-teagaisg agus bidh mi a' dèanamh cinnteach gum bi fios aig na comataidhean air seo. Cuideachd ma tha feum air daoine sa chomataidh air taic le Gàidhlig, tha fios aca gu bheil mi ann airson an cuideachadh.
AC28	**Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh**
	Am bliadhna, le taic bho Nicola ann an Inbhir Nis, stèidhich mi cèilidh air chuairt anns na h-Eileanan Siar airson a' chiad turas bho 2008 a ruith thairis air ceithir seachdain as t-samhradh. Chur mi fios a-mach chun na comataidhean airson faighinn a-mach cò bhiodh deònach a' chuairt a ruith fon ainm aca fhèin, agus dh'iarr mi orra fios a sgaoileadh chun na compàirtichean aca fhèin. Chuir mi sanasan airson a' chuairt anns na pàipearan-naidheachd, air an rèidio agus air Facebook airson compàirtichean a lorg, agus cuideachd airson co-òrdanaiche a lorg. Chùm sinn agallamhan anns a' Ghiblean airson compàirtichean agus co-òrdanaiche agus fhuair sinn air a' bhuidheann a thoirt còmhla airson a' chiad turas aig deireadh a' Chèitein. An seo bha Màiri, an co-òrdanaiche, air fuinn agus òrain a chruinneachadh agus dh'ionnsaich na compàirtichean iad sin, a bharrachd air a bhith a' beachdachadh air fuinn iad fhèin. Chaith iad seachdain aig Fèis Alba anns a' Phloc far na dh'ionnsaich iad mu dheidhinn a bhith a' cluich airson dannsaichean, mar a chuireadh iad PA air dòigh agus mar a lìbhrigeadh iad consairt. Thòisich iad air a' chuairt le cuirmean agus consairtean aig Fèis Cheilteach Innse Gall agus mun cuairt Leòdhais, agus chaidh iad air adhart dha na Hearadh, na h-Uibhistean, Ulapul agus Barraigh, a' cluich aig tallaichean coimhearsnachd agus taighean-seinnse, agus air na h-aiseagan cuideachd. Thàinig a' chuairt gu crìoch ann am Barraigh air a' chiad latha den Lùnastal.
AC32	**A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan**
	Bidh mi a' cur sgeulachdan agus deilbh ann an gach iris aig Faileas, ag innse do dhaoine air na tha air a bhith a' dol aig na Fèisean anns an sgìre agam. Bidh mi a' dèanamh 'share' air tachartasan air an duilleag Facebook aig Fèisean nan Gàidheal agus a' sgrìobhadh air an làrach-lìn againn, agus a' cur fios chun na sgoiltean agus chun na Fèisean agam ma tha cothroman a' nochdadh do dh'òigridh.
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**	
AC33	**Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean**
	Bidh Fèisean nan Gàidheal a' ruith trèanadh luchd-teagaisg gach bliadhna aig diofar ìrean sa Ghearran gach bliadhna. Bha mi an sàs ann airson a' chiad turas am bliadhna agus bha mi a' cuideachadh le bhith a' cumail liosta de na compàirtichean, a' suidhe a-staigh air na clasaichean, a' toirt dhaibh foirmichean-measaidh gus beachd fhaighinn air a' chùrsa agus a' toirt teisteanasan dhaibh aig an deireadh. Tha mi a-nis ag obair air siostam ùra a chur air dòigh gus am bi structar nas fheàrr air an deireadh-sheachdain le barrachd roghainn air cuspairean, agus gum faigh na compàirtichean air taghadh na tha iad fhèin airson a dhèanamh.
AC41	**Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan**
	Bidh Còig Latha a' gabhail àite anns na Geàrrannan gach bliadhna agus seach gu bheil e anns an sgìre agamsa, bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall a bhith an sàs ann, ged a b' ann a' cur consairt air dòigh sa choimhearsnachd a bhios mi, agus a' lorg dhaoine airson teatha agus bèicearachd a dhèanamh air a shon.
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.	
AC45	**A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)**
	Tha sinn air siostam ùr a chur air dòigh airson cosgaisean a ghlèidheadh far am feum sinn na mìltean a

	tha sinn air a dhèanamh a sgrìobhadh sìos ann an cruth ùr, agus tha seo a' cumail clàr de na sgaoilidhean carbon againn.	
AC46	**A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a' tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math**	
	Aig Fèis Eilean an Fhraoich, airson 25 bliadhna a chomharrachadh, chaidh cèilidh a chur air dòigh ann an coimhearsnachd eile air an Dimàirt a bharrachd air consairt air an Diciadain ann an Steòrnabhagh, airson daoine nach b' urrainn a dhol chun an dà chuid, agus nochd gu leòr bhon sgìre air an oidhche. Bidh Fèis Bharraigh a' cumail iomadh tachartas air an t-seachdain aca ann am Bàgh a' Chaisteil agus Bàgh a' Tuath, a' toirt cothrom dha na daoine air feadh an eilein a bhith an làthair gun feum aca a bhith aig gach fear. Chaidh a' chèilidh air chuairt a thoirt gu tallaichean coimhearsnachd air feadh nan Eilean Siar ann an àitichean a bha fosgailte do dhuine sam bith, agus fhuair gach eilean cothrom air consairt no dhà.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	**A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach**	
	Faic AC32	
AC51	**A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan**	
	Faic AC32	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG3	**Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan**	
	Faic AC41	
InG5	**Eadar-theangachaidhean Gàidhlig**	
	Bidh gach Fèis a' tighinn thugam le eadar-theangachaidhean sam bith a bhios a dhìth orra m.e. postairean, brathan-naidheachd, fiosrachadh mu choinneamhan bhliadhnail, foirmichean iarrtais, foirmichean measaidh agus msaa.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG11	**Pròraman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean**	
	Faic AC24 & AC33	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG15	**A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean**	
	Faic AC24 & AC33	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	**Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt**	
	Faic AC28	
InG19	**Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig**	
	Faic AC20 agus AC41	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG5	**Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.16**	
	Faic AC21	
BnG20	**A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.**	
	Faic AC27	
BnG21	**Aithisg ràitheil air mar a chaidh airgead Bhòrd na Gàidhlig a chosg**	
	Bidh sinn a' sgrìobhadh aithisgean ràitheil a bhios sinn a' cur gu Art MacCarmaig airson ar luchd-maoineachaidh, mar fhianais air an obair a bhios sinn a' dèanamh.	
BnG24	**Bheirear aithne iomchaidh don taic a fhuaras bho Bhòrd na Gàidhlig an lùib gach pròiseict, le fianais air sin gach ràith.**	
	Thèid aithisg a sgrìobhadh mu phròiseactan anns an robh BnG an sàs agus thèid an aithneachadh gu	

	iomchaidh air postairean, brathan naidheachd, foirmichean iarrtais agus stuthan sam bith eile, le suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig air gach fear.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	

AINM	**VICKY NICILLEATHAIN**			
DREUCHD	**OIFIGEAR LEASACHAIDH LOCH ABAR**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròghraim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Dh' obraich mi le Fèis nan Garbh Chrìochan gus iarrtais a chuir a-steach dhan sgeama leasachaidh FnanG agus bha iad soirbheachail agus fhuair an Fhèis airgead airson am proiseact Clàr a bha'd ag obair air far an do rannsaich iad puirt is òrain iondail bhon sgìre aca agus rinn iad CD a-mach às airson an 25mh bliadhna aca a chomharradh.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg ram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Bidh mi a' cumail taic ris na Fèisean a tha ruith clasaichean tron bhliadhna agus tha mi airson a bhith brosnachadh na Fèisean a tha am beachd seo a dhèanamh. Mar eimisplier tha Fèis Èige a' beachdadh clasaichean a chuir air dòigh is mar sin tha mi fiachainn ri bhith cho taiceil sa 's urrainn dhomh.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	Bidh mi ag obair gu dhlù leis na Fèisean agam air buidseatan is leithid agus bidh mi a' moladh ìre turasdal a tha freagarrach.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Tha sinne gu math teann a thaobh riaghltean PVG agus feumaidh na PVGs a bhith an àite RON an fhèis. Chan fhaigh Fèis sam bith airgead bho Fèisean nan Gàidheal mus faigh iad na PVG's air dòigh.	
AC10	A' toirt taic ionmhasail seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan	
	Fhuair Fèis nan Garbh Chrìochan taic bho Fèisean nan Gàidheal aig a' phrìomh Fhèis aca far an robh iarrtais ann bho pàiste le feumalachdan sònratichte. Chuir FnanGC neach-òide air dòigh son a bhith a' coimhead as dèidh a' phàisde seo agus thug Fèisean nan Gàidheal airgead dhan Fhèis airson seo.	
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G Tha planaichean Gàidhlig aig gach Fèis. Gu tric, bidh an Sgioba-G aig Fèisean nan Gàidheal far a bheil faireachdainn nach eil a' Ghàidhlig làidir gu leòr aig an Fhèis fhèin. Aig Fèisean eile, tha clasaichean, geamaichean aig àm lòin neo Fèis tro mheadhan na Gàidhlig. Bidh mi a' brosnachadh a h-uile comataidh Gàidhlig a chleachdadh agus tha mi a' faicinn adhartas a thaobh Ghàidhlig leis na Fèisean agam. Cuideachd bi mi a' toirt taic dhaibh le eadar theangachadh son postairean is larach linn msaa gus priomhachais a thoirt dhan Ghàidhlig. Dh' iarr Fèis Èige son barrachd taic fhaighinn a thaobh na Gàidhlig agus tha mise dol a null	

	an ath mhios gus son deireadh sheachdain Ghàidhlig a dhèanamh còmhla riutha. Tha mi 'n dòchas gum toir seo misneachd dhaibh a bhith a' cleachadh na Gàidhlig aig an Fhèis aca.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail	
	Bidh mi tric a' frithealadh gigs a tha na Fèisean agam air a chuir air dòigh. Tha mi a' coimhead air adhart ris an deireadh sheachain obair bhuidhne a tha Fèis Latharna a' ruith leis a' chòmhlan 'Nae Plans'. Criochnaich an deireadh sheachdain le curam-ciùil agus gheibh na com-pàirteachain cothrom a bhith cluich le Nae Plans air an àrd ùlar. Bheir seo misneachd dhan chlann agus tha e air leth cudromach gun tachair cuirmean mar seo.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean	
	Tha Oifigear 'Annualised Hours' aig tòrr den Fèisean agam agus bidh mi ag obair còmhla ris na daoine seo gus taic a thabhainn le bhith faighinn airgead maoineachaidh, a' ruith clasaichean is tòrr rudan eile. Tha Fèis Lochabair direach air tè ùr fhastadh airson annualised hours agus dh' iarr iad orm treanadh a chuir air doigh dhi ann a bhith cumail clàran. Bhruidhinn mi ri Anne mun seo agus cuiridh sinn treanadh air dòigh an ath mhios.	
AC17	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh Bidh mi a' cumail taic ris na diofar coimhearsnachdan a tha ag iarraidh taic agus tha mi air a bhith soibheachail le Fèis na h-Apainne fhaighinn gu dol. Ach uaireannan tha diofar buidheanan sa choimhearsnachd feumach air taic agus tha mi deonach taic a thoirt dhaibh ma tha e ceangailte ris an obair a tha Fèisean nan Gàidheal a dhèanamh. Mar eisimplier tha mi gum mòr an sàs leis an Acadamaidh Mòd an Òbain far a bheil iad airson cothrom a thoirt do dhaoine òg ceòl traideasanta no orain Ghàidhlig ionnsachadh. Tha an Acadamaidh seo air a bhith air leth soirbheachail agus tha na h-àireamhan de dhaoine òg a tha seinn aig ceilidhean agus tighinn dhan fhèis (Fèis Latharna) air a dhol nas àirde on a thoisich an Acadamaidh. Thàinig buidhean thugam aig toiseach na mìos seo a' faighneach airson a bhith leasachadh an Fhèis aca (Highlands and Islands Music Festival) agus tha iad airson cuideachadh gus buitean-obrach a' ruith ann an ceòl, seinn is danns. Tha mi gu bhith ag obair leis an Fhèis seo gus na rudan seo fhaighinn gu bùill agus tha e math a bhith a' dèanamh ceangalain leis a' bhuidheann seo.	
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig	
	Tha mi ag obair air beachd smuain gus deireadh sheachdain bocsa is fidheall a' ruith agus bidh Gàidhlig aig chridhe an fhèis seo.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean	
	Bidh an sgioba leasachaidh ag obair gu math dhlù còmhla agus ni sinn ar dicheall gum fàigh na Fèisean an taic a tha a dhith (mura h-eil taic a dhith bidh sinn fiachainn ri bhith brosnachadh an fhèis).	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta	
	Ma tha trèanadh a dhìth ni mi na 's urrainn dhomh an trèanadh sin a cuir air dòigh. Agus ma tha mi air cluinntinn gu bheil trèanadh ciad chobhair no leithid gu bhith sa sgìre, cuiridh mi brath a-mach dhan Fhèisean freagarrach leis an fhiosrachadh.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh	
	Bidh mi a' brosnachadh na Fèisean agam Gàidhlig a' cleachdadh nuair a tha comasachd agus bheir mi dhaibh taic le bhith a' dèanamh eadar theangachadh air postairean, làraich-linn msaa.	
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh	
	Bidh mi a' ruith dà Chèilidh air Chuairt sa sgìre agam; Fèis Lochabair agus Fèis Latharna agus bha mi an sàs leis a' Chèilidh air Chuairt bheag a chuir Fèis Àrainn air dòigh.	

AC32	A’ dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan	
	Leis an t-samhradh cho trang bha tòrr chothroman agam a bhith a’ sanasachd na diofar tachartasan a bha ruith. Bhruidhinn mi air a’ rèidio tric agus rinn mi agallamh airson BBC Alba An Là cuideachd. Leis an Cèilidh air chuairt chuir mi a-mach sànas dhan pàipearan naidheachd iondail agus bhruidhinn na com-pàirteachain air a’ rèidio mun na cuairtean aca. Gu tric cuideachd bidh mi a’ cleachdhadh na meadhanan socialta airson na pròiseactan agam a bhrosnachadh. Bidh mi a’ cleachdadh twitter agus facebook tric agus cuideachd sgriobhaidh mi pìosan son na naidheachdan nuair a tha e freagarrach.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC35	A’ toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a’ cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos	
	Tron a’ phròiseact a rinn Fèisean nan Garbh Chrìochan bha aca ris a’ chlann agallamh a chumail leis na seann dhaoine sa sgìre. Chleachd iad innealan clàraidh airson seo agus dh’ ionnsaich iad mun h-òrain iondail sa sgìre.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a’ toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a’ chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC48	A’ dèanamh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra	
	Tha ùidh agam ann a bhith a’ cuir leasasan ciùil air an larach lìn Fèisean nan Gàidheal. Feumaidh mi am beachd seo a leasachadh.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG7	A’ cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh	
	Le tòrr taic bhon sgioba leasachaidh bidh mi ag obair gus a bhith cho cuideachail do choimhearsnachdan agus do Fhèisean ùr. Tha mi smaoineachadh gur e deagh eisimplier de seo a th’ ann am Fèis na h-Apainne.	
A’ Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh’òigridh		
InG12	A’ toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga	
	Bha an sgeama Chèilidh air Chuairt air leth soirbhechail gus sgilean cleasachd a thoirt do dhaoine òga. Dh’ ionnsaich iad tòrr tron bhuidhnean-obrach na measg; bruidhinn air an àrd ùlar, a bhith eifigeach mar còmhlan agus fhuair iad deagh chothroman na sgilean sin a chuir an àite leis na diofar tachartsan agus cuireaman a bha iad a’ frithealadh.	
InG13	A’ tabhann cùrsaichean trèanaidh ùghdarraichte do dhaoine òga	
	Tha mi direach as deidh an trèanadh ‘Awards Award’ a dhèanamh agus ‘s urrainn dhomh a bhith nam stiùiriche do dhaoine òga a tha airson seo a dhèanamh. Tha mi ‘n dòchas gun toisich mi le seo san Fhoghar.	
A’ tarraing luchd-èisteachd is a’ leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Bidh mi a’ toirt taic do dhà Cheilidh air Chuairt – Fèis Lochabair agus Fèis Latharna.	
InG17	A’ cur air dòigh agus a’ leasachadh Fèis Bhlas	
	Bha mi nam riochdaire son an Fhèis Bhlas am bliadhna agus tha mi a’ coimhead air adhart ri bhith an sàs a-rithist.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG1	Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.16	
	Tha mi a’ dol gu coinneamhan Iomairt Ghàidhlig Lochabair gu tric, ‘s a' toirt taic dhaibh le pròiseactan mas urrainn dhomh. Tha mi air a bhith an sàs ann an tòrr diofar proiseactan comhla riutha agus tha mi smaoineachadh gu bheil e cudromach gun cùm sinn an ceangal seo suas. Dh’ obraich mi leis an iomairt bho choinn goirid air pròiseact cudromach a’ togail àire dhaoine dhan sgoil Ghàidhlig ùr sa Ghearasdan.	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil	

agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.16

Tha mi a' toirt taic dhan Fèisean seo:

- Fèis Lochabair
- Fèis Òigridh na Mara
- Fèis Èige
- Fèis nan Garbh Chrìochan
- Fèis Latharna
- Fèis Mhuile
- Fèis Cholla
- Fèis Thiriodh
- Fèis Cheann Loch Goibhle
- Fèis Àrainn
- Fèis Dhun Òmhainn
- Fèis Òigridh Ìle is Dhiura
- Fèis na h-Apainne

Tha mi tric a' cumail conaltradh ris na Fèisean a tha mi a' cuideachadh agus bidh mi a' fiachainn ri bhith aig gach coinneamh, a tha iomchaidh, gus taic a thoirt dhaibh leis na diofar tachartasan is pròiseactan.

Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth le Fèis Latharna an dràsda air sàilleabh gum bi an comataidh aca ag atharrachadh gum mòr thairis air na seachdainean a tha romhainn agus tha mi airson 's gum bi iad deiseil airson na h-atharraichean.

Tha Fèis Lochabair trang le bhith a' toiseachadh na clasaichean tron bhliadhna aca agus tha iad air neach ùr fhastadh airson an obair annualised hours a dhèanamh. Tha treanadh a dhith an sin a thaobh a bhith cumail smachd air na records agus tha mi air trèanadh a chuir air dòigh le Anne dhaibh.

Thairis air mìosan an t-samhraidh bha mi air leth trang leis na Fèisean a bha ruith sa sgìre agam. Thoisich an t-samhradh le Fèis Thiriodh a bha a' comharradh an 25mh bliadhna aca. 'B e seachdain air leth a bh' ann le diofar tachartasan a' ruith tron seachdain. Chaidh mi ann airson dà latha gus taic a thoirt dhaibh agus thug e dhomh tòrr misneachd a bhith faicinn an obair mhath a tha an Fhèis a dhèanamh air an Eilean.

As dèidh sin chaidh mi gu Eilean Èige airson an fhèis acasan. 'B e seo direach an darna fhèis aca leis an comataidh ùr agus tha iad air tòrr leasachadh a dhèanamh san ùine goirid seo. Thàinig tòrr bho air feadh na dùthcha (Glaschu, An t-Eilean Sgitheanach, Malaig is tòrr aiteachain eile) gus pàirt a ghabhail san fhèis seo. Dh' obraich an Fhèis fior mhath agus bha an Eilean làn ceòl is craic airson na trì làithean agus bidh an fhèis a-nis a' coimhead air adhart ri bhith a' tabhainn clasaichean fidheall tron bhliadhna don luchd-ciùil òg a tha a' fuireach air an Eilean.

Bha Àth Tharachaill làn spòrs aig meadhan an Iuchair far an do chomarraich iad an 25mh bliadhna aca cuideachd. Aig an fhèis fhèin bha na h-aireamhan suas agus bha deagh fhaireachainn timcheall an àite. Chuir an fhèis air dòigh coinseartan, ceilidhean agus seisseanan tron seachdain agus chriochnaich e ann an coinseart mòr air oidhche Shathairne. Tron bhliadhna rinn com-pàirteachain na Fèise clàr airson an ceann bliadhna aca a chomhthrachadh. Chaidh an clàr seo a thaisbeanadh aig a' choinseart agus bha a' chlann air an àrd-ùlar le feudhainn den tutoriean a bha ann aig an toiseachd (Jim Hunter, Angus Grant is eile) agus 's e rud sònraichte a bha seo a bhith a' faicinn an adhartas a tha an fhèis air a dhèanamh thairis air an 25 bliadhna.

Mu dheireadh chaidh mi a-null gu Fèis Àrainn, 'b e seo a' chiad uair a bha mi aig an Fhèis seo agus ro laimh bha e sollier nach robh na h-àireamhan a' coimhead cho math. Chuir sinn air dòigh 'plana' gus na h-àireamhan seo fhaighinn nas àirde agus chaidh riochdaire na Fèise timcheall na sgoiltean gus bruidhinn mun Fhèis agus na rudan math mu deidhinn. Aig àm na Fèise fhèin bha na h-àireamhan nas àirde na tha'd air a bhith son bliadhnaichean agus bha an comataidh air leth thoilichte. Bha e gu math tlachdmhòr a bhith ann agus bha mi a' faicinn an cuid Ghàidhlig a bha a' cleachdadh aig an Fhèis – fiùs aig àm dinnearachd bha iad a' cluich geamaichean sa Ghàidhlig agus bha a' chlann misneachail mun a bhith ga cleachdadh. Ruith Fèis Àrainn 'Cèilidh air chuairt' cuideachd agus thug iad cothrom do dhaoine òg sa sgìre a bhith a' gabhail pàirt. 'S e proiseact air leth soirbheachail a bha seo agus bidh sinn an dòchas gun urrainn dhuinn rudeigin mar seo a dhèanamh a-rithst an ath bhliadhna.

As dèidh samhradh air leth trang, tha mi a-nisd a' coimhead air adhart dhan miosan a tha romhainn

	agus thèid Fèis Oigridh na Mara a chumail anns an Dàmhair agus bidh mi ag obair còmhla ri Eilidh Shaw gus an Fhèis seo fhaighinn air dòigh.
BnG6	Bidh 6 Fèisean air clasaichean 'Fèis Bheag' no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean a ruith ro 31.03.16
	An dràsda tha còig Fèisean agam a' ruith Fèis Bheag agus tha mi airson seo a leasachadh.
BnG20	A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.
	'S e Gàidhlig am prìomh cànain againn aig Fèisean nan Gàidheal agus bidh sinn a' brosnachadh na Fèisean a bhith cleachdh an cuid Gàidhlig cuideachd.

AINM	**ROWAN NICPHEADRAIS**			
DREUCHD	**OIFIGEAR MARGAIDEACHD (NEACH-CEUMMNACHAIDH)**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròg raim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg ram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	An dràsta, tha mi ag obair air duilleagan-cuideachaidh airson Facebook is Twitter, a thèid a sgaoileadh do na Fèisean air fad. Leis na duilleagan-cuideachaidh seo, thathar an dòchas gum bi na stiùirichean aig gach Fèis comasach ann an bhith cruthachadh meadhanan fiosrachail 's eadar-obrachail, 's mar sin ag adhartachadh conaltradh le daoine na poblach agus a' fas mothachadh mu thachartasan agus pròiseactan. Tha mi air a bhith ag obair air plana margaidheachd airson 2015, a' cleachdadh fiosrachadh bho na planaichean a chaidh a' dh'fhoillseachadh le Denvir Marketing agus Scottish Development Internationals. 'S e leasachadh agus foillseachadh a' phrìomh focas den phlana a tha seo, a' togail air na meadhanan sòisealta a th' againn agus a' sgaoileadh naidheachdan mu thachartasan agus proiseactan aig Fèisean nan Gàidheal san dòigh as èifeachdaiche aig ìrean ionadail agus nàiseanta. Bhon a thòisich mi aig Fèisean nan Gàidheal, tha mi air a bhith ag obair air togail an ìomhaigh de Fèisean nan Gàidheal air loidhne – gu sònraichte air Facebook agus Twitter agus tha mi cuideachd air cunntasan Instagram, Pinterest agus LinkedIn a chur air dòigh.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC11	Bùithtean-obrach is pròg raman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig)	
	Tha mi air a bhith an sàs le foillseachadh airson na bùthan-obrach drama agus chuidich mi le co-òrdanachadh airson a' chiad cola-deug den cuairt aig Meanbh-Chuileag a tha air chuairt an-dràsta. Bha mi cuideachd aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma far an robh mi ag obair mar neach-cuideachaidh.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail	
	Tha mi an-còmhnaidh a' toirt taic do Fhèisean ionadail le sanasachadh mu na cuirmean aca air loidhne agus cuideachd le dèanamh bileagan is postairean dhaibh.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile	
	Chaidh Blas 2015 a chumail eadar 4mh – 12mh den t-Sultain air feadh na Gàidhealtachd. Mus do thòisich an fhèis, rinn mi rannsachadh air margaidean eadar-nàiseanta – gu sònraichte anns a' Ghearmaillt agus ann an Èirinn, a' leantainn comhairle bho na h-aithisgean a chaidh a sgrìobhadh anns a' Denvir Marketing Plan agus Scottish Development International. Tron fhèis fhèin, chaidh tòrr fiosrachadh, farpaisean agus ùrachaidhean a chur an àrd air loidhne. Bha an fhèis air leth soirbheachail, leis an àireamh as àirde de thiocaidean a chaidh an reic air loidhne san eachdraidh na fèise.	

Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin	
	Tha mi air an bhith air iomadh cùrsa-trèanaidh fhad 's a tha mi air a bhith ag obair aig Fèisean nan Gàidheal. 'S iad na leanas: • 18.2.15: Google Juice Bar, Inverness • 20.4.15 – 24.4.15: ScotGrad Training Week, Muir of Ord • 12.5.15: "Marketing that Works" - Culture Republic, Edinburgh • 13.5.15: Marketing Workshop with Muckle Media, Inverness • 22.5.15: One on One Meeting with Alex Smith, Inverness • 3.6.15: Group Meeting with Alex Smith, Inverness • 8.6.15: Arts Award Adviser Training, Inverness	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh	
	Tha cleachdadh na Gàidhlig leantainneach gu ìre air leth soirbheachail, agus tha sinn an-còmhnaidh ag obair gu cruaidh gus àrainneachd Gàidhlig a leasachadh, san oifis agus cuideachd taobh a-muigh an oifis. Tha fiosrachadh daonnan a' nochdadh air meadhanan sòisealta sa Ghàidhlig an toiseach, 's an uair sin, tha eadar-theangachadh sa Bheurla. Tha fàilte Gàidhlig an-còmhnaidh cuir air luchd-tadhail dhan oifis/daoine air a' fon an toiseach, 's a' crochach ris a' fhreagairt aca, còmhraidhean an cumail sa Ghàidhlig, no sa Bheurla. 'S e an aon modh a thathar a' cleachdadh nuair a tha sinn a' tadhal air Fèisean/tachartasan Gàidhlig. 'S i Gàidhlig an cànan tòiseachaidh, 's an uair sin, leanaidh còmhraidhean air sa Ghàidhlig no sa Bheurla – a-rèir freagairt an duine.	
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh	
	Am bliadhna, bha ochd buidhean againn a' gabhail pàirt ann an Cèilidh air Chuairt tron t-Samhraidh. Rinn mi tòrr obair air sanasachadh agus foillseachadh airson na cuairtean aca agus cuideachd, bha iad fhèin uabhasach math air fiosrachadh agus dealbhan/bhideothan a chur an àrd air na meadhanan sòisealta. Bha na Cèilidhean air Chuairt uile gu math soirbheachail.	
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile	
	Chaidh Blas 2015 a chumail eadar 4mh – 12mh den t-Sultain air feadh na Gàidhealtachd. Mus do thòisich an fhèis, rinn mi rannsachadh air margaidean eadar-nàiseanta – gu sònraichte anns a' Ghearmaillt agus ann an Èirinn, a' leantainn comhairle bho na h-aithisgean a chaidh a sgrìobhadh anns a' Denvir Marketing Plan agus Scottish Development International. Tron fhèis fhèin, chaidh tòrr fiosrachadh, farpaisean agus ùrachaidhean a chur an àrd air loidhne. Bha an fhèis air leth soirbheachail, leis an àireamh as àirde de thiocaidean a chaidh an reic air loidhne san eachdraidh na fèise.	
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	Tha ùrachaidhean air tachartasan nam Fèis bitheanta air Facebook, Twitter, Youtube agus Instagram. Tha naidheachdan, dealbhan agus fiosrachadh iomchaidh eile air dh'fhoillseachadh gu tric air adhartas de na Fèisean fa leth, airson mothachadh, agus mar sin, gus am bi na tachartasan eile san àm ri teachd tarraingeach do dhaoine ùra.	
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	San t-Ògmhìos, chaidh mi dhan Social Enterprise Summit, far an robh mi bruidhinn ri daoine mu dhèidhinn Fèisean nan Gàidheal agus Blas.	
AC32	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan	
	Tha ùrachaidhean air tachartasan nam Fèis bitheanta air Facebook, Twitter, Youtube agus Instagram. Tha naidheachdan, dealbhan agus fiosrachadh iomchaidh eile air dh'fhoillseachadh gu tric air adhartas de na Fèisean fa leth, airson mothachadh, agus mar sin, gus am bi na tachartasan eile san àm ri teachd tarraingeach do dhaoine ùra.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		

AC38	A’ sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain	
	Tha mi air a bhith an sàs le foillseachadh airson na bùthan-obrach drama agus chuidich mi le co-òrdanachadh airson a’ chiad cola-deug den cuairt aig Meanbh-Chuileag a tha air chuairt an-dràsta. Bha mi cuideachd aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma far an robh mi ag obair mar neach-cuideachaidh.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a’ toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a’ chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	A’ sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	
	Tha ùrachaidhean air tachartasan nam Fèis bitheanta air Facebook, Twitter, Youtube agus Instagram. Tha naidheachdan, dealbhan agus fiosrachadh iomchaidh eile air dh’fhoillseachadh gu tric air adhartas de na Fèisean fa leth, airson mothachadh, agus mar sin, gus am bi na tachartasan eile san àm ri teachd tarraingeach do dhaoine ùra.	
AC51	A’ dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan	
	Bhon a thòisich mi aig Fèisean nan Gàidheal, tha mi air a bhith ag obair air togail an ìomhaigh de Fèisean nan Gàidheal air loidhne – gu sònraichte air Facebook agus Twitter agus tha mi cuideachd air cunntasan Instagram, Pinterest agus LinkedIn a chur air dòigh. Tha sinn cuideachd air YouTube.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A’ Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG1	A’ sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain	
	Tha mi air a bhith an sàs le foillseachadh airson na bùthan-obrach drama agus chuidich mi le co-òrdanachadh airson a’ chiad cola-deug den cuairt aig Meanbh-Chuileag a tha air chuairt an-dràsta. Bha mi cuideachd aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma far an robh mi ag obair mar neach-cuideachaidh.	
A’ tarraing luchd-èisteachd is a’ leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Am bliadhna, bha ochd buidhean againn a’ gabhail pàirt ann an Cèilidh air Chuairt tron t-Samhraidh. Rinn mi tòrr obair air sanasachadh agus foillseachadh airson na cuairtean aca agus cuideachd, bha iad fhèin uabhasach math air fiosrachadh agus dealbhan/bhideothan a chur an àrd air na meadhanan sòisealta. Bha na Cèilidhean air Chuairt uile gu math soirbheachail.	
InG17	A’ cur air dòigh agus a’ leasachadh Fèis Bhlas	
	Chaidh Blas 2015 a chumail eadar 4mh – 12mh den t-Sultain air feadh na Gàidhealtachd. Mus do thòisich an fhèis, rinn mi rannsachadh air margaidean eadar-nàiseanta – gu sònraichte anns a’ Ghearmaillt agus ann an Èirinn, a’ leantainn comhairle bho na h-aithisgean a chaidh a sgrìobhadh anns a’ Denvir Marketing Plan agus Scottish Development International. Tron fhèis fhèin, chaidh tòrr fiosrachadh, farpaisean agus ùrachaidhean a chur an àrd air loidhne. Bha an fhèis air leth soirbheachail, leis an àireamh as àirde de thiocaidean a chaidh an reic air loidhne san eachdraidh na fèise.	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna	
	Bha mi aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma ag obair mar neach-cuideachaidh. ‘S e cola-deug air leth soirbheachail a bh’ ann, a’ tighinn gu crìch le oidhche-thaisbeanaidh air an oidhche mu dheireadh aca.	
InG21	A’ gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	San t-Ògmhìos, chaidh mi dhan Social Enterprise Summit, far an robh mi bruidhinn ri daoine mu dhèidhinn Fèisean nan Gàidheal agus Blas.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG17	Bidh am fiosrachadh is stuthan sanasachd uile san dà chànan mar phàirt chudromach den fhèis, a’ gabhail a-steach Fear no Bean an Taighe le Gàidhlig aig gach tachartas.	
	Chaidh seo a lìbhreagadh.	
BnG20	A’ cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.	
	Tha seo a’ tachairt.	

Fèisean nan Gàidheal

Pròg ram na Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt 2015

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2015.05(b)

Bun Fhiosrachadh

Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu phròg ram na Coinneamh Bhliadhnail agus na Co-labhairt.

Dihaoine 25 Sultain		Friday 25 September
14.00	**Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh**	Meeting of Board of Directors
19.15	**A' Choinneamh Bhliadhnail**	Annual General Meeting
19.45	**Deoch ro-dhìnneir agus ceòl bho Fèisean nan Eilean Siar**	Pre-dinner drinks and entertainment by Fèisean nan Eilean Siar
20.15	**Dìnneir agus Cèilidh**	Dinner and Cèilidh
Disathairne 26 Sultain		Saturday 27 September
09.30	**Rachael NicCharmaig** **Stiùiriche, Neartachadh Coimhearsnachdan Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean**	Rachael McCormack Director, Strengthening Communities Highlands and Islands Enterprise
10.00	***Ceòlas: Planaichean san àm ri teachd*** **Màiri NicAonghais, Cathraiche**	*Ceòlas: Future Plans* Mary MacInnes, Chair
10.15	***Pasgan Goireasan nam Fèisean*** **Nicola Simpson & Sgioba Leasachaidh**	*Fèis Resource Pack* Nicola Simpson & Development Team
10.45	**Roghainn:** ***Tràth Bhliadhnaichean*** **Angus MacLeòid & Calum Mac a' Mhaoilein** **no** ***Gàidhlig airson Comataidhean*** **Caitrìona Nic an t-Saoir**	Choice: *Early Years* Angus MacLeod & Calum Macmillan or *Gaelic for Committees* Catriona MacIntyre
11.00	**Tì/Cofaidh**	Tea/Coffee
11.15	***Hub Ealain Òigridh na Gàidhealtachd*** **Stacey Toner**	*Highland Youth Arts Hub* Stacey Toner
11.30	***Fuaran: Pròiseact Òrain Ghàidhlig*** **Raonaid Harris**	*Fuaran: Gaelic Song Project* Rachel Harris
12.15	**Lòn**	Lunch

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh mun phròg ram.

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Sultain 2015

Fèisean nan Gàidheal

Aithisg Bhliadhnail 2015

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2015.05(c)

Bun Fhiosrachadh

Thèid Aithisg Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal 2015 a sgaoileadh tro phost-d air thoiseach air coinneamh a' Bhùird agus bidh lethbhreacan rim faotainn aig a' choinneimh.

Gnìomh a dhìth

Bithear ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh san Aithisg Bhliadhnail agus aonta a thoirt rithe air thoiseach air a' Choinneamh Bhliadhnail.

Art MacCarmaig
Ceannard
Sultain 2015

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org